

Poileas is Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Sgrùdadh is modh-sgrùdadh air deagh luach



HM INSPECTORATE OF
CONSTABULARY FOR SCOTLAND



Am Màrt 2010

The Accounts Commission

The Accounts Commission is a statutory, independent body which, through the audit process, assists local authorities in Scotland to achieve the highest standards of financial stewardship and the economic, efficient and effective use of their resources. The Commission has four main responsibilities:

- securing the external audit, including the audit of Best Value and Community Planning
- following up issues of concern identified through the audit, to ensure satisfactory resolutions
- carrying out national performance studies to improve economy, efficiency and effectiveness in local government
- issuing an annual direction to local authorities which sets out the range of performance information they are required to publish.

The Commission secures the audit of 32 councils and 44 joint boards and committees (including police and fire and rescue services).

Her Majesty's Inspectorate of Constabulary for Scotland

HMICS operates independently of police forces, police authorities and the Scottish Government and exists to monitor and improve the police service in Scotland. HMICS does this on behalf of the Scottish public by:

- monitoring, through self-assessment and inspection, how effectively the police service in Scotland is fulfilling its purpose and managing risk
- supporting improvement by identifying good practice, making recommendations and sharing our findings in order to achieve better outcomes for Scotland's communities
- providing advice to Scottish ministers, police authority and joint board members and police forces and services.

Even though HMICS is independent of the Scottish Government, ministers can call upon the Inspectorate to undertake particular pieces of work.

Audit Scotland is a statutory body set up in April 2000 under the Public Finance and Accountability (Scotland) Act 2000. It provides services to the Auditor General for Scotland and the Accounts Commission. Together they ensure that the Scottish Government and public sector bodies in Scotland are held to account for the proper, efficient and effective use of public funds.

Clàr-amais

Toradh a' choimisein	2	Co-lonnanachd	26
Toraidhean HMICS	3	Seasmhachd	28
Ro-ràdh	4	A' libhrigeadh toraidhean a' phlana phoileasachaidh	29
Na rianan tri-pàirteach is an dreuchd ceannardais aig ùghdarrasan a' phoileis	6	Amas 1 - rathaidean nas tèarainte	30
Gearr-chunntas	7	Amas 2 - ìsleachadh eucoir	31
Am measadh corporra	11	Amas 3 - Ionnsaigh air eucoir chruaidh	32
An lèirsinn is an stiùireadh ro-innleachdail	11	Amas 4 - coimhearsnachdan nas tèarainte is nas làidire	34
Riaghlachas is cunntasalachd	13	Amas 5 - cumail an òrduigh phoblaich	35
Obair ann an com-pàirteachas is dol an sàs na coimhearsnachd	17	Molaidhean leasachaidh	37
Stiùireadh is leasachadh dèanadais	19	Am prògram leasachaidh	37
Cleachdadh nan goireasan	22	Clàr-gnothaich leasachaidh	38
		Leasachan 1	40

Toradh a' choimisein

1. 'S e seo an dàrna aithisg air sgrùdadh is modh-sgrùdadh air dèanadas ùghdarras is forsa a' phoileis a thaobh an dleastanasan achdail airson deagh luach is planadh coimhearsnachd. Chaidh a dhèanamh le Smachdaiche a' Mhodh-sgrùdaidh is Sgrùdaiche Constablachd a Mòrachd airson Alba. Tha Coimisean nan Cunntas a' gabhail ris an aithisg le Smachdaiche a' Mhodh-sgrùdaidh air Co-Bhòrd Poilean a' Chinn a Tuath. Tha na toraidhean a' beantainn ri modh-sgrùdadh deagh luach a' Bhùird a-mhàin, a-rèir uallaichean achdail a' Choimisein.
2. Tha an Coimisean a' cur fàilte air an fhianais a sheallas gu bheil deagh luach anns a' Bhòrd air iomadh dòigh. Gu h-àraid—
 - Tha e glè mhothachail dha dreuchd is tha e èifeachdach na os-shealladh ro-innleachdail is sgrùdadh air dèanadas an fhorsa is cunntachalachd a' phrìomh chonstabail.
 - Tha e a' sealltainn dàimh dhlùth ri com-pàirteachasan planadh na coimhearsnachd is targaidean còrdaidhean aon-amasach a tha iomchaidh do dh'obair a' Phoileis.
 - Tha e ag obair còmhla ris a' phrìomh chonstabail is an fhorsa gu math agus tha com-pàirteachas èifeachdach eatarra ann an cruthachadh deagh luach.
 - Tha e a' dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan a' Phoileis a' cur cudrom air feum nan coimhearsnachdan ionadail.
3. Tha cothroman aig a' Bhòrd fhathast agus a dhreuchd a leasachadh. Gu h-àraid—
 - Bu chòir dha brosnachadh a thoirt do cho-roinneadh a chuid dheagh chleachdaidhean le ùghdarrasan is forsaichean eile a' Phoileis.
 - Feumaidh e a' dèanamh cinnteach nas fhearr gum faigh e aithisgean dèanadais a sheallas gu bheil iad a' freagairt ris na prìomhachasan ro-innleachdail.
 - Feumaidh iad structar nas fhearr a chur gu feum ann am marasgladh nan cunnartan ro-innleachdail is sgrùdadh nam freagairt air na cunnartan seo.
 - Bu chòir dha a bhith nas brosnachail ann an stèidheachadh leasachaidhean ann am marasgladh dèanadais. Mar eisimpleir, bu chòir dha dèanamh cinnteach gum bi dàta dèanadais ri làimh – can fiosrachadh air gach prìomh roinn de bheart-deilbh dèanadas poileas na h-Alba – leis an dèan iad coimeas èifeachdach ri forsaichean eile.
 - Bu chòir dha dèanamh cinnteach gun tèid aire do chùisean co-ionannachd is iomadachd amalachadh nas doimhne na obair is giùlan a chuid bhall.
4. Tha sinn a' mothachadh gu bheil fianais ann air mì-chòrdalas anns an dàimh eadar am bòrd is a chomhairlean. Tha e cudromach gu bheil an dàimh eadar am bòrd is a chomhairlean soilleir, gu h-àraid a thaobh roinneadh is cleachdadh ghoireasan. Bu chòir dha an soilleireachadh (a tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air an-dràsta ann an co-chomhairle COSLA is ACPOS) air treòrachas nan dleastanasan is uallaichean aig gach bòrd poileis is an cuid ballrachd.
5. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri plana leasaichte on bhòrd mar fhreagairt air a' chlàr-leasachaidh a tha ann an co-aithisg an sgrùdaidh 's a' mhadh-sgrùdaidh.
6. Tha an coimisean ag aideachadh le taing gun d' fhuair co-sgioba an sgrùdaidh 's a' mhadh-sgrùdaidh taic is co-obrachadh o bhuill thaghte Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath, o phrìomh chonstabail is oifigearan Poileas a' Chinn a Tuath is oifigearan is com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd eile.
7. Tha an coimisean a' cur fàilte air a' cho-obrachadh le HMICS anns na h-aithisgean sgrùdaidh is modh-sgrùdaidh seo agus am brosnachadh mòr a thug seo do sgrùdadh nas èifeachdaiche agus do dhealas ann an cosnadh deagh luach.

Toraidhean HMICS

1. Tha mi ro-thoilichte mo thoraidhean a' thoirt dhuibh anns a' cho-aithisg sgrùdaidh is mhodh-sgrùdaidh seo. Mar Sgrùdaiche Constablaichd A Mòrachd airson Alba, tha uallach achdail orm sgrùdadh a dhèanamh an dà chuid air Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath is Poileas a' Chinn a Tuath. An cois toraidhean Coimisean nan Cunntas air dèanadas deagh luach is planadh na coimhearsnachd le Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath, bu toigh leam na leanas a chur an cèill mu dhèanadas Poileas a' Chinn a Tuath.
2. 'S e mo mheasadh air Poileas a' Chinn a Tuath san fharsaingeachd gu bheil e a' dèanamh gu math agus gu bheil deagh luach anns an fhorsa air iomadh dòigh. Tha deagh dhàimh obrach le Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath aig Poileas a Tuath 's bidh iad ag obair taobh ri taobh ri planadh na coimhearsnachd is a' stiùireadh leasachadh. Tha prìomh dhreuchd aig an fhorsagh-nìomha ann an toirt dùbhlàn do dhèanadas agus tha 's urrainn dhan fhorsa innse dhuinn gu bheil eucoir bheag is rèitichean fuasglaidh àrda aca an coimeas ri feadhainn eile ann an Alba. Chaidh am forsa ath-structaradh gu mòr, a' cur am meud libhrigeadh seirbheisean poileasachaidh-aghaidh, 's ath-sgrùdadh air a dhèanamh air an fhorsa o chionn ghoirid.
3. Tha cothroman leasachaidh aig an fhorsa fhathast ann an cuid de dh'aitichean. Gu h-àraid:
 - Bu chòir dhan fhorsa eileamaidean a phlanaidh ro-innleachdail amalachadh mar neartachadh a stiùiridh agus sgaoileadh soilleir a chuid phrìomhachasan.
 - Bu chòir dhan fhorsa piseach a chur air a mharasgladh dèanadais is bu chòir dha am fiosrachadh seo a sgaoileadh gu soilleir am broinn is taobh a-muigh an fhorsa.
 - Na iomairt leasachaidh, bu chòir dhan fhorsa cudrom a chur air coileanadh nan targaidean nàiseanta mu làimhseachadh ghlaodhan is dèanamh aithisgean do Chasaidiche a' Chrùin is Aithrisiche na Cloinne.
 - Bu chòir dhan fhorsa am feum as motha fhaighinn o ghoireasan luchd-obrach fhad 's a leasaichear tuigse nas fhèarr de chosgaisean obair a' phoileis.
4. Tha mi a' dèanamh fiughair ri plana leasaichte o Phoileas a' Chinn a Tuath mar fhreagairt air a' chlàr-leasachaidh a tha ann an co-aithisg an sgrùdaidh 's a' mhodh-sgrùdaidh seo.
5. Bu toigh leam aideachadh le taing cuideachd gun d' fhuair co-sgioba an sgrùdaidh 's a' mhodh-sgrùdaidh taic is co-obrachadh o bhuill thaghte Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath, o phrìomh chonstabal is oifigearan Poileas a' Chinn a Tuath is oifigearan is com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd eile.
6. Tha mi a' cur fàilte air a' cho-obrachadh eadar an sgrùdadh is am modh-sgrùdadh a chaidh a chleachdadh ann an cruthachadh na h-aithisge seo agus tha mi a' faireachdainn gun deach a shealltainn mu thràth gun do chuir seo ri rian sgrùdaidh na b' èifeachdaiche a chuireas an cèill ar dealas ann an cosnadh dheagh luach.

Ro-ràdh

Thathar a' dèanamh a' cho-aithisg seo le Smachdaiche nam Modh-Sgrùdadh do Choimisean na Cunntas fo earrann 102(1) Achd an Riaghaltais Ionadail (Alba) 1973 agus Sgrùdaiche Constablachd A Mòrachd (HMIC) fo earrann 33 Achd a' Phoileis (Alba) 1967.

Thug *Achd an Riaghaltais Ionadail ann an Alba 2003* a-steach dleastanasan achdail ùra a thaobh deagh luach is planadh na coimhearsnachd. Tha ùghdarrasan ionadail fo bhuidhe, a' gabhail a-steach ùghdarrasan a' phoileis, is tha riathanasan ag iarraidh gu sònraichte:

- gun coilean na comhairlean is ùghdarrasan a' phoileis deagh luach (rud a tha ga mhìneachadh mar shìor leasachadh ann an dèanadas de dhreuchdan)
- gun gabh ùghdarrasan a' phoileis is na prìomh chonstabilan pàirt ann am pròiseas planadh na coimhearsnachd.

Leasaich an t-Achd na dòighean sgrùdaidh a chaidh a shuidheachadh ann an *Achd an Riaghaltais Ionadail (Alba) 1973* cuideachd 's e a' fìlleadh deagh luach a-steach is a' toirt cumhachd do Choimisean nan Cunntas gus sgrùdadh a dhèanamh air deagh luach am broinn ùghdarrasan a' phoileis. Tha dleastanas achdail air Aonad Sgrùdaidh Constablachd A Mòrachd ann an Alba (HMICS) fo earrann 33 *Achd a' Phoileis (Alba) 1967* a chum sgrùdadh nam forsaichean poileis is seirbheisean coitcheann a' phoileis agus a chum aithris a dhèanamh do Mhinistearan a thaobh an cor is èifeachd. Tha Achd 2003 a' leudachadh seo 's a' toirt cumhachd sgrùdaidh do HMICS agus aithris a dhèanamh do Mhinistearan na h-Alba ach a bheil ùghdarras ionadail a' coileanadh a dhreuchdan mar ùghdarras a' phoileis is a thaobh grunn chuspairean eile, a' gabhail a-steach deagh luach.

Tha treòrachadh achdail air deagh luach is planadh na coimhearsnachd ann a bheir taic do dh'achd 2003, a' gabhail a-steach sreath de notaichean air cuspairean sònraichte mar cheannardas de bhull taghte. Chaidh a dhealbhadh mar threòrachadh tuairisgeulach seach òrdachail, a' mìneachadh nan amasan a bu chòir a bhith aig buidheann ach a' toirt cead dhaibh na dòighean is slighean a chleachdas iad a thaghadh aig ìre ionadail. Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba barrachd treòrachaidh airson ùghdarrasan is forsaichean a' phoileis. Tha seo a' gabhail a-steach *Justice Department Circular 11/2003 Best Value Guidance and the Guidance for Member of Police Authorities and Joint Boards* (June 2007).

Tha sgòp farsaing aig deagh luach is planadh na coimhearsnachd agus tha an treòrachadh is an t-achd a' cur an cèill gun dèan *ùghdarras soirbheachail a' phoileis* na leanas:

- bidh e ag obair còmhla ris a' phrìomh chonstabil gus seata soilleir de phrìomhachasan a chur ri chèile a fhreagras air feum na coimhearsnachd san ùine ghoirid is fhada
- bidh e air a chur an eagar gus taic a chur ri libhrigeadh nam prìomhachasan seo
- coileanaidh e feum na coimhearsnachd is seallaidh e gu soilleir gu bheilear ga choileanadh
- nì e obair air dòigh a bhrosnaicheas sìor leasachadh gach saothrach aige.

A bharrachd air sinn, nì *forsa* soirbheachail a' *phoileis* na leanas:

- bidh e ag obair còmhla ri a chom-pàirteachasan is ùghdarras(an) a' phoileis gus seata soilleir de phrìomhachasan a chur ri chèile a fhreagras air feum na coimhearsnachd san ùine ghoirid is fhada
- bidh e air a chur an eagar gus na prìomhachasan seo a libhrigeadh
- coileanaidh e feum na coimhearsnachd is seallaidh e gu soilleir gu bheilear ga choileanadh
- nì e obair air dòigh a bhrosnaicheas sìor leasachadh gach saothrach aige.

'S iad seo na prìomh amasan a bha aig a' cho-sgrùdadh is a' cho-mhodh-sgrùdadh seo:

- measadh a dhèanamh air coileanachd an cuid dleastanasan le Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath is Poileas Cinn a Tuath fo Achd an Riaghaltais Ionadail ann an Alba 2003 is air a ghèilleachd ri treòrachas Riaghaltas na h-Alba.
- aontachadh ri leasachaidhean planaichte leis na h-ùghdarrasan ionadail, an fhorsa is a' bhòrd 's iad fo sgrùdadh buan sgrùdaichean an taoibh a-muigh is HMICS.

On a tha deagh luach is planadh na coimhearsnachd a' gabhail a-steach iomadh gnìomh, cha ghabh an sgrùdadh gu domhainn o bhun gu barr. Air sgàth sin, tha sinn ag amas air mion-sgrùdadh air an dà dhòigh a leanas:

- cuiridh sinn gu feum toraidhean de phròiseasan sgrùdaidh eile far an urrainn dhuinn sin a dhèanamh, can an obair a rinn sgrùdachdan eile
- taghaidh sinn cuid de dhèanadasan an fhorsa 's a' bhùird a chum mion-sgrùdaidh. Cleachdaidh sinn iomadh tùs, a' gabhail a-steach measadh an fhorsa 's a' bhùird air a chuid dèanadas fhèin, aithisgean a chaidh fhoillseachadh as dèidh sgrùdaidhean is modh-sgrùdaidhean on taobh a-muigh agus Beart-Deilbh Dèanadas Poileasachadh na h-Alba (SPPF) mar mheasadh air cunnartan is ar n-obair a sgòpadh anns an taghadh seo.

Tha ar co-aithisg na mhac-shamhla air an dòigh chothromaichte seo, le iomradh mionaideach ann an cuid de dh'aitichean is sùil ghoirid ann an cuid de dh'aitichean eile. Tha na thuairisgeul air na lorg sinn aig àm ar prìomh sgrùdaidh is prìomh mhodh-sgrùdaidh anns an Dàmhair 2009. Tha an aithisg a' gabhail a-steach measadh corporra air a' Cho-Bhòrd is an fhorsa ach chan eil san mheasadh dèanadais ach am forsa.

Bu toigh leinn taing a thoirt airson a' cho-obrachaidh is na taice a fhuair an sgioba on Chomhairliche Tormod M MacLeòid, Cathraiche Co-bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath; am Prìomh Chonstabal Ian Latimer, Poileas a' Chinn a Tuath; Sgiob-Gnìomha Comhairleachadh Poileas a' Chinn a Tuath; am Prìomh Sgrùdaiche Iain MacGilleBhris, Ceannard air Aonad Poileasaidh Ì Co-Òrdachaidh, Poileas a' Chinn a Tuath; Michelle Morris, Clèireach a' Bhùird; agus gach ball taghte is ball dhen luchd-obrach eile a ghabh pàirt ann. Tha sinn taingeil do luchd-ionaid nan ceithir comhairle is com-pàirtichean coimhearsnachd an fhorsa cuideachd a dh'aontaich ri pàirt a ghabhail san sgrùdadh is sa mhodh-sgrùdadh.

Na rianan trì-phàirteach is an dreuchd ceannardais aig ùghdarrasan a' phoileis

Tha am forsa fo smachd rian trì-phàirteach eadar am prìomh chonstabal, co-bhòrd a' phoileis ('am bòrd') agus Ministearan na h-Alba. A chionn 's gu bheil barrachd air aon sgìre de dh'ùghdarras ionadail aig an fhorsa, chaidh co-bhòrd a' phoileis a stèidheachadh air a bheil buill às na ceithir ùghdarrasan ionadail ann mar ùghdarras a' phoileis. Tha uallach aig Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd fhathast airson poileasaidh a' phoileis aig an ìre nàiseanta. Tha uallach air Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath airson suidheachadh buidseat a' phoileis, dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh deagh luach is cunntalachd a' phrìomh chonstabail. Tha uallach air a' phrìomh chonstabal airson cùisean obrachadh a' phoileasachaidh taobh a-staigh sgìre an fhorsa.

'S e buaidh an t-suidheachaidh seo gu bheil aig a' bhòrd is aig a' phrìomh chonstabal obair còmhla ri chèile airson deagh luach ged a tha dreuchdan eadar-dhealaichte aca. Chan eil sinn a' toirt breith san aithisg seo ach air a' bhòrd is an fhorsa ach tha uallach aig gach pàrtaidh san t-suidheachadh seo, a' gabhail a-steach Ministearan na h-Alba, airson dèanadas seirbheis a' phoileis san fharsaingeachd.

Tha uallach air na h-ùghdarrasan na bhroinn airson buill a' cho-bhùird a chur nan dreuchd agus airson maoineachadh. 'S e bith laghail fa leth a tha anns a' bhòrd agus, ged nach eil uallaichean iarmadach fa leth aig na comhairlean (a bharrachd air cur an dreuchd nam ball is maoineachadh), tha na comhairlean a' cur taic ri èifeachdas a' bhùird tro sholar de sheirbheisean clèireachd agus trèanadh is taic airson a bharrachd.

Tha an treòrachadh làithreach air poileasachadh (*Circular 11/2003 and Guidance to Members, June 2007*) a' mìneachadh na tha dùil ris on bhòrd. Gheibhear iad seo ann an Leasachan 1 na h-aithisge seo.

Gearr-chunntas

Tha iomadh prìomh eileamaid de dheagh luach air a chruthachadh le Poileas a' Chinn a Tuath is Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath. Tha dàimh obrach làidir eadar seann oifigearan a' phoileis, manaidsèaran na comhairle is buill a' bhùird. Tha buill a' bhùird a' cur taic ri dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan a' phoileasachaidh a' freagairt ri feum an cuid choimhearsnachdan. Libhrig am forsa seirbheis poileasachaidh èifeachdach fad iomadh bliadhna, le eucoir bheag is rèitichean fuasglaidh àrda.

Tha cuid de rudan feumach air leasachadh fhathast agus chunnacas gu bheil na buill is na h-oifigearan gu dileas ri sìor leasachadh. Ghabh am bòrd ri iomadh iomairt as dèidh measadh orra fhèin o chionn ghoirid gus a dhreuchd a neartachadh, ged nach deach buaidh nan iomairt seo a shealltainn gu ruige seo. Rinn Poileas a' Chinn a Tuath ath-sgrùdadh mòr air an fhorsa agus mar thoradh airson seo, chuir iad structar eile air na seirbheisean le ìsleachadh mòr nan cosgaisean taice is àrdachadh nan goireasan airson poileasachadh-aghaidh.

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Tha buill a' bhùird a' cumail sùil èifeachdach air Poileas a' Chinn a Tuath, ga chuideachadh na phrìomhachasan ro-innleachdail agus an sàs gu mòr le Com-Pàirteachasan Planadh na Coimhearsnachd (CPC) a tha ag obair còmhla ris an fhorsa. Chan eil buill a' bhùird ro-ghnìomach nuair a chuireas iad romhpa na dh'fheumas iad de dh'fhiosrachadh marasglaidh ach tha deagh thuigse aca air cudromachd de sgrùdaidhean air dèanadas a' phoileis. Tha fios aig a' bhòrd dè na rudan a tha feumach air leasachadh is tha iad air grunn atharrachaidhean a chur an sàs mu thràth, a' gabhail a-steach tuairisgeulan obrach airson buill agus craoladh-lìn coinneamhan a' bhùird.

1. Tha buill a' bhùird an sàs suidheachadh prìomhachasan ro-innleachdail an fhorsa. Nì am prìomh chonstabal agus an luchd-obrach aige mion-leasachadh planadh ro-innleachdail Poileas a' Chinn a Tuath, a-rèir an tuigse air prìomhachasan poileasachaidh nàiseanta is ionadail. Ge-tà, tha dreuchd aig buill a' bhùird sa phròiseas seo thar aonta foirmeil nam planaichean seo. Tha buaidh aig na buill thaghte air planaichean ro-innleachdail an fhorsa tro na co-labhairtean ro-innleachdail bliadhnail is coinneamhan cunbhalach de dh'iomadh buidheann-obrach.
2. Tha deagh dhàimh eadar am bòrd is com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd. Chan eil na dòighean air am faigh na ceithir comhairlean ann aithrisean air obair a' bhùird gu tur cunbhalach. Ge-tà, tha dreuchd ro-ghnìomhach aig gach aon dhe na comhairlean ann am buidseat a' phoileis agus ann an èifeachdas seirbheisean ionadail a' phoileis. Tha buill a' bhùird a' gabhail pàirt anns gach aon dhe na ceithir com-pàirteachasan tèarainteachd na coimhearsnachd agus gheibh iad aithisgean cunbhalach air stèidheachadh Còrdaidhean Aon-Amasach (CAA) agus, a-mach on t-Samhain 2009, air adhartas an fhorsa a dh'ionnsaigh nan targaidean a tha iomchaidh do phoileasachadh.
3. Tha deagh thuigse aig na buill air an sgrùdadh. Tha deagh dhàimh obrach eadar am bòrd is am forsa 's tha na buill a' tairgsinn dùbhlain neo-eisimeileach. Chan eil buill a' bhùird ro-ghnìomhach nuair a chuireas iad romhpa na dh'fheumas iad de dh'fhiosrachadh marasglaidh o na h-oifigearan. Gu h-àraid, chan eil sgòp nan aithisgean dèanadais a gheibh am bòrd a' toirt cothrom dha measadh iomlan a dhèanamh air adhartas an fhorsa a thaobh a chuid targaidean ro-innleachdail. Ge-tà, tha eileamaidean sgrùdaidh cudromach an sàs mu thràth. Cumaidh na buill sùil air adhartas an fhorsa ann an dèiligeadh ri molaidhean an sgrùdaidh 's a' mhodh-sgrùdaidh on taobh a-muigh agus gheibh gach ball a' bhùird aithisgean a' bhuidseit is iomadh aithisg marasglaidh air dèanadas.

4. Sheall am bòrd gu bheil iad glè mhothachail orra fhèin agus gu bheil ùidh aca ann an leasachadh a dhòigh-obrach san fharsaingeachd. Rinn e measadh EFQM air fhèin rè 2009 is lorg e grunn rudan a tha feumach air leasachadh. Thathar a' dèiligeadh ri iomadh fear dhiubh le, mar eisimpleir, tuairisgeulan obrach airson nam ball, craoladh-lìn coinneamhan a' bhùird agus molaidhean airson taic rianachd shealach airson cuideachadh a' bhùird le bhith a' fàs nas comasaiche air dùbhlain is sgrùdaidhean neo-eisimeileach a thoirt seachad.

Poileas a' Chinn a Tuath

Tha deagh dhàimh obrach le Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath aig Poileas a Tuath 's bidh iad ag obair taobh ri taobh ris a' phrìomh chonstabal air planadh na coimhearsnachd is a' stiùireadh leasachadh. Tha am forsa a' dèanamh glè mhath 's a' sìor aithris air eucoir bheag is rèitichean fuasglaidh àrda air feadh a sgìre. Tha prìomh dhreuchd aig sgioba-gnìomha an fhorsa ann an toirt dùbhlain do dhèanadas is brosnachadh leasachaidhean. B' urrainn dhan fhorsa barrachd a dhèanamh gus cuideachadh a thoirt dhan bhòrd na uallaichean sgrùdaidh air dèanadas le bhith a' toirt piseach air càileachd an dàta dèanadais a bheir e dha. Tha plana poileasachadh an fhorsa a' stiùireadh gnìomhachd a' phoileis ach a chionn 's nach deach amalachadh le prìomh innleachd ro-innleachdail, cha dèanar marasgladh no aithrisean gu eagarach air na prìomhachasan gnìomhachd a thagh am forsa. Tha structar corporra soilleir aig an fhorsa a bhios ag obair gu math mar is trice ach tha dòigh-obrach neo-fhoirmeil a' lagachadh dàimh com-pàirteachais an fhorsa ann an cuid dhe na sgìrean iomallach. Chaidh am forsa ath-structaradh gu mòr, a' cur am meud libhrigeadh seirbheisean poileasachaidh-aghaidh, 's ath-sgrùdadh air a dhèanamh air an fhorsa o chionn ghoirid.

5. Tha stiùireadh ro-innleachdail soilleir aig Poileas a' Chinn a Tuath, stèidhichte air tuigse feum nan coimhearsnachdan ionadail. Tha dòigh-dhèiligidh iomlan is structarach aige a thaobh comhairleachaidh leis a' choimhearsnachd 's bidh buaidh aige seo air leasachadh an fhorsa is planaichean na roinne. Tha an gainnead de dh'amalachadh eadar prìomhachasan plana a' phoileasachadh is ro-innleachd smachd a' phoileis a' cur cron air pròiseasan planaidh an fhorsa. Leis a' ghainnead de dh'amalachadh seo, tha e na dhùbhlain seata soilleir de phrìomhachasan co-cheangailte a chomharradh no ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan na roinne-feachd no an fhorsa 's a bhuidh aca.
6. Chaidh structar ùr a chur an sàs is trì roinnean-feachd aig an fhorsa a-nis anns a bheil ochd uachdranachdan gu h-iomlan is tha iad cha mhòr co-ionnan le sgìrean stiùiridh Comhairle na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha ìre bhrosnachail de chumhachdachadh anns na roinnean-feachd is uachdranachdan sgìre 's bheir seo cothrom do gach aon dhiubh beachdachadh air feum ionadail nan sgìrean is prìomhachasan a chur air. Tha sgioba-gnìomha an fhorsa a' toirt seachad ceannardas làidir, soilleir agus tha dòigh-obrach corporra ann airson cùisean a bhuineas dhan fhorsa air fad is le os-sealladh math is e a' toirt dùbhlain do ghnìomhan poileasachaidh. Nì am forsa aithrisean dhan bhòrd aig an àm seo air adhartas a thaobh molaidhean a rinn buidhnean-sgrùdaidh on taobh a-muigh. Gu eachdraidheil, cha robh cothrom aig a' bhòrd gach moladh a rinn buidheann-sgrùdaidh on taobh a-muigh fhaicinn is mar thoradh air sin, cha b' urrainn dhan bhòrd sgrùdadh iomlan a dhèanamh air co-dhùnaidhean an fhorsa mu thoirt gu buil nam molaidhean seo neo am prìomhachas a fhuair iad. Leasaich Poileas a' Chinn a Tuath ro-innleachd leasaichte air stiùireadh chunnartan o chionn ghoirid is tha an dòigh-dhèiligidh ùr nas iomlaine a thaobh cunnartan na buidhne, mìneachadh nan cunnartan a chaidh prìomhachas a chur orra 's na thathar a' dèanamh gus na cunnartan seo a lasachadh.

7. Tha am forsa ag obair còmhla ris a chuid com-pàirtichean gu math 's tha e follaiseach gu bheil dealas dian aige do phlanadh na coimhearsnachd is libhrigeadh bhuilean ionadail. Tha deagh dhàimh ann eadar buill a' bhùird, na cinn sgìre is cinn nan roinnean-feachd. Gabhaidh a' choimhearsnachd pàirt is tachraidh comhairleachadh air dòigh structarach is thathar ga chleachdadh ann an dealbhadh prìomhachasan an fhorsa. Ged a tha treòrachadh soilleir aig an fhorsa a thaobh dreuchdan is dleastanasan ann an com-pàirteachasan le buidhnean eile, chunnacas nach robh e soilleir gu leòr do chuid dhe na com-pàirtichean taobh a-muigh prìomh oifisean na roinne dè na dreuchdan a tha aca.
8. Sheall Poileas a' Chinn a Tuath gu bheil e dealas do leasachadh nan seirbheisean is tha e ri iomadh gnìomh leasachaidh air feadh an fhorsa. Tha an gnìomh seo air a bhonntachadh, chaidh prìomhachasan a thaghadh is tha e air a stiùireadh le os-phlana leasachadh corporra. Chan eil stiùireadh an dèanadais a' cur prìomhachas an-dràsta fhèin air cuid dhen fhiosrachadh dèanadais a tha co-cheangailte ri prìomhachasan mòran an fhorsa agus tha am mion-fhiosrachadh gann ann an aithisgean gnìomhachd is dèanadais airson a' phobaill is a' bhùird.
9. Rinn Poileas a' Chinn a Tuath ath-sgrùdadh air structaran is prìomh phròiseasan a' bhuidhinn an cois a' phròiseis phlanaidh ro-innleachdail gus dèanamh cinnteach gun urrainn dha èirigh ri iarrtasan san àm ri teachd. Thàinig 20 moladh ro-innleachdail à ath-sgrùdadh an fhorsa seo agus, a-mach on Ghiblean 2007, chaidh structar ùr a chur air an fhorsa na chois is chaidh goireasan a ghluasad o luchd-obrach taice gu oifigearan-aghaidh a' phoileis. Tha Poileas a' Chinn a Tuath ag ath-sgrùdadh buileachadh ath-sgrùdadh an fhorsa gus fiosrachadh a-mach an d' fhuaradh gach buannachd ghnòthachail ris a bha dùil agus gus buannachdan ghnòthachail is caomhnaidhean èifeachdais eile a chomharradh a ghabhas an toirt gu buil.
10. Tha deagh smachd ionmhasail aig an fhorsa 's tha deagh eachdraidh aige ann am buileachadh de targaidean caomhnadh èifeachdais. Ged nach eil ro-innleachd ionmhasail ro-innleachdail aige, 's ann airson na h-ùine fhada a tha iad a' coimhead air seasmhachd ionmhasail. Chaidh structar ùr a chur air libhrigeadh seirbheisean a' phoileis an cois ath-sgrùdadh mòr air an fhorsa 's fhuaradh caomhnaidhean èifeachdais neo-shuarach às. Tha am forsa a' dèiligeadh ri stiùireadh ro-innleachdail goireasan luchd-obrach ach cha robh e ro choltach gun deach pròiseas roinneach na h-obrach a chleachdadh gu cunbhalach gus goireasan a ghluasad thairis air crìochan nan comhairlean gus dèiligeadh ri dùbhlain ionadail a' phoileasachaidh.
11. Thathar a' toirt aire gu leòr do chùisean co-ionannachd a ghnàth ann an sgìrean Poileas a' Chinn a Tuath air tìr-mòr ach chan eil seo air a thoirt gu buil cho math ann an sgìrean ùghdarrais nan eilean.
12. Tha am forsa a' leasachadh dòigh-dhèiligidh nas iomlaine a thaobh seasmhachd. Chum e comhairleachadh mu bhuaidh nan atharrachaidhean air dreuchdan poileis ann an sgìrean iomallach a chaidh a mholadh. Ged a thoisich cuid dhen obair, chan eil dòigh-obrach aig an fhorsa a' dhèiligeas ris a h-uile cuspair seasmhachd.
13. Tha plana poileasachaidh an fhorsa a' cur prìomhachas air amasan is tha e mothachail an dà chuid do chudromachd adhbharan nàiseanta agus obair a' phoileis sa choimhearsnachd air feadh na

Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha ìre de leantail eachd ann am prìomhachasan na buidhne a chaidh a chomharradh sa phlana 's na dearbh phrìomhachasan sa phlana fad iomadh bliadhna. Cha tug am forsa dàta dhan SPPF air riarachadh a' phobaill is ùine nam freagairt-èiginn a tha nam prìomh chuspairean is tha e doirbh mar sin coimeas a dhèanamh ri forsaichean eile a' phoileis ann an Alba. Chaidh aig an fhorsa air àireamhan de dh'eucoirean a chaidh a chlàrachadh isleachadh is tha na rèitichean fuasglaidh math fhathast.

14. Tha eucoir bheag is rèitichean fuasglaidh àrda aig Poileas a' Chinn a Tuath an coimeas ri forsaichean eile a' phoileis ann an Alba. Ged a tha cruinn-eòlas tireil an fhorsa na bhuannachd dha 's rèitichean fuasglaidh nas àirde ann seach na bailtean mòra a ghnàth, tha e na dhùbhlán dhan phoileas air an làimh eile ach tha am forsa a' freagairt orra gu math.

Am measadh corporra

An lèirsinn is an stiùireadh ro-innleachdail

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Tha buill a' bhùird a' gabhail pàirt ann an leasachadh lèirsinn is prìomhachasan ro-innleachdail de sheirbheisean ionadail a' phoileis.

15. Nì am prìomh chonstabal agus an luchd-obrach aige mion-leasachadh planadh ro-innleachdail an fhorsa, a-rèir an tuigse air prìomhachasan poileasachaidh nàiseanta is ionadail. Tha dreuchd aig buill a' bhùird sa phròiseas seo thar aonta foirmeil nam planaichean seo. 'S urrainn dha na buill thaghte an cuid tuigse air feum nan coimhearsnachdan ionadail a chur an cèill is dèanamh cinnteach gu bheil buaidh aca air planaichean ro-innleachdail an fhorsa tron cho-labhairt ro-innleachdail bhliadhnail is coinneamhan cunbhalach a' Bhuidhinn-Obrach air Poileasaidh is Ionmhas. Tha buaidh an tuigse air obair a' phoileis sa choimhearsnachd is cudromachd na seirbheis ann an sgìrean tìreil is iomallach ri fhaicinn anns na planaichean ro-innleachdail.

Poileas a' Chinn a Tuath

Tha stiùireadh ro-innleachdail soilleir aig Poileas a' Chinn a Tuath, stèidhichte air tuigse feum nan coimhearsnachdan ionadail. Tha dòigh-dhèiligidh iomlan is structarach aige a thaobh comhairleachaidh leis a' choimhearsnachd 's bidh buaidh aige seo air leasachadh an fhorsa is planaichean na roinne. Tha an gainnead de dh'amalachadh eadar prìomhachasan plana a' phoileasachadh is ro-innleachd smachd a' phoileis a' cur cron air pròiseasan planaidh an fhorsa. Leis a' ghainnead de dh'amalachadh seo, tha e na dhùbhlán seata soilleir de phrìomhachasan co-cheangailte a chomharradh no ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan na roinne-feachd no an fhorsa 's a bhuidh aca.

16. Cumaidh am forsa co-chomhairleachaidhean farsaing is tha e a' toirt cothrom do Cho-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath pàirt a gabhail ann an stiùireadh ro-innleachd an fhorsa. Tha Plana Ro-Innleachdail an Fhorsa a' cur an cèill prìomhachasan obrachaidh an fhorsa airson ùine de chòig bliadhna chuirteach leis na prìomhachasan obrachaidh a' sìleadh a-nuas tro Phlana Poileasachadh an Fhorsa airson an toirt gu buil. Tha am plana ro-innleachdail stèidhichte air làithean planaidh ionadail far am faighear riochdachadh farsaing o chom-pàirtichean, coimhearsnachdan ionadail is buill bòrd a' phoileis. Thèid am fiosrachadh cruinnichte a chleachdadh air latha planadh an fhorsa far an coinnich na cinn roinneil is manaidsearan aonad sheirbheisean na prìomh oifise. Thèid toraidhean latha planadh an fhorsa a chleachdadh an uairsin aig a' cho-labhairt ro-innleachdail far an tig luchd-ùidhe on taobh a-muigh is a-staigh cruinn.
17. Tha Poileas a' Chinn a Tuath a' sgaoileadh stiùireadh ro-innleachdail agus fòcas coimhearsnachd an fhorsa gu èifeachdach tro phlanaichean poileasachadh an fhorsa is nan roinnean. Chunnacas gun robh an luchd-obrach gu math mothachail air amasan a' phlana poileasachaidh 's gun robh iad ag obair orra. Tha na planaichean poileasachaidh ionadail 's na h-amasan ro-innleachdail ri fhaighinn air làrach-lìn an fhorsa, ri làimh a' phobaill is furasta ri sheòladh.

18. Tha prìomhachas làidir aig Poileas a' Chinn a Tuath air obair a' phoileis sa choimhearsnachd is tha seo na chuideachadh dha gus feum nan coimhearsnachdan aige a thuigsinn. Tha oifigearan is stèiseanan aige 's cuid dhiubh ann an àitichean glè iomallach. Feumaidh na h-oifigearan uile imrich a dhèanamh ann rè an seirbheise sna coimhearsnachdan no eileanan iomallach seo 's iad follaiseach ann mar oifigearan a' phoileis taobh a-muigh is a-staigh an amannan obrach. 'S ciall dhan phoileasaidh tar-aisig seo gun gabh na h-oifigearan is an teaghlaidhean còmhnaidh far an dèan iad obair a' phoileis is iad a' gabhail pàirt ann am beatha na coimhearsnachd.
19. Chomharraich am forsa, ann an com-pàirteachas leis a' bhòrd, còig prìomhachasan ro-innleachdail is amasan taiceil airson na h-ùine 2009-2010 (Clàr 1). Chaidh na prìomhachasan seo a chomharradh a-rèir nan ceithir Còrdaidhean Aona-Amasach. Cha deach prìomhachasan plana a' phoileasachaidh amalachadh gu tur le ro-innleachd smachdachadh an obrachaidh 's ged a tha cuid dhe na h-eileamaidean a' lùbadh thairis air a chèile, chan eil ceangal dìreach ann ri prìomhachasan na ro-innleachd smachdachaidh. 'S e plana a' phoileasachaidh prìomh bhrosnaichear gnothachais is leis a' ghainnead seo de dh'amalachadh, tha e na dhùbhlán seata soilleir de phrìomhachasan a chomharradh is sùil a cumail orra agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhachd is buaidh de roinn.

Clàr 1

Prìomhachasan is amasan ro-innleachdail

A' brosnachadh rathaidean nas tèarainte	tro iomairtean ro-ghnìomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' faireachdainn tèarainte is sàbhailte. Bidh sinn ro-ghnìomhach nar n-obair gus ar rathaidean a dhèanamh nas tèarainte, tubaistean is bàs air rathaidean isleachadh fhad 's a nì sinn obair shoirbheachail leis na prìomh chom-pàirtichean againn gus tèarainteachd nan rathad is foghlam a' phobail a leasachadh.
Ag isleachadh eucoir	le bhith ag obair còmhla ris na com-pàirtichean ro-innleachdail againn, a' gabhail a-steach ar coimhearsnachdan, gus casg a chur air eucoir mus tachair e 's sinne a' dèiligeadh an dà chuid ri adhbharan de dh'eucoir agus ri eucoirean iad fhèin.
A' toirt ionnsaigh air droch eucoir	tro rannsachadh gach taobh de dh'eucoir, a' gabhail a-steach eucoir nan drugaichean, mar fhreagairt air feum nan ìobairteach, nam fianaisean is nan eucoireach. Nì sinn obair èifeachdach is bhuadhach gus lorgadh de dh'eucoirean agus àireamh nan eucoireach a thugadh gu ceartas a chur an àirde.
A' togail coimhearsnachdan nas làidire is nas tèarainte	le bhith a' freagairt ri gach tachartas iomchaidh, ge be tubaiste mhòr air rathad a tha ann no adhbhar co-cheangailte ri giùlan mì-shòisealta. Cha ghabh sinn ri buaireadh eucoireach de ghnothachas is de chàileachd beatha nan coimhearsnachdan ionadail. Bidh sinn ag obair gus tèarainteachd gach duine a dhìon 's a ghlèidheadh 's a' cur sìos air eagal, claon-bhreith is ana-ceartas.
A' cumail an òrduigh phoblach	le bhith a' stiùireadh cunnartan buidhneil is obrachail, a' cur an sàs na fheadhainn as fhearr de leantail eachd gnothachais is ag obair mar sheirbheis phoblach de dheagh luach is ann an suidheachadh far a bheil buaidh de thachartasan eadar-nàiseanta air sgìrean is coimhearsnachdan ionadail a' sior fhàs.

Riaghlachas is cunntasalachd

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Tha deagh thuigse aig buill a' bhùird air an dreuchdan; gheibh buill ùra trèanadh agus tha tuairisgeulan obrach foirmeil ann airson buill a' bhùird o chionn ghoirid. Chan eil na dòighean air am faigh na ceithir comhairlean ann aithrisean air obair a' bhùird gu tur cunbhalach. Chan eil dòigh structarach aig a' bhòrd fhathast gus sùil a chumail air cunnartan 's na thathar a' dèanamh gus a lasachadh. Thèid cuairtean neo-eisimeileach a dhèanamh air na prìomh ghoireasan glacais am broinn sgìre Poileas a' Chinn a Tuath 's thèid aithris a dhèanamh dhan bhòrd. Ge-tà, chan eil na cuairtean neo-eisimeileach seo a' gabhail a-steach gach goireas glacais, gu h-àraid an fheadhainn sna h-Eileanan an Iar, Arcaibh is Sealtainn.

20. Tha 24 buill air a' bhòrd, le 16 comhairlichean o Chomhairle na Gàidhealtachd, ceathrar o Chomhairle nan Eilean, dithis o Chomhairle Arcaibh is dithis o Chomhairle Shealtainn. Coinnichidh e ceithir tursan am bliadhna, mar is trice ann an Inbhir Nis ach thèid coinneamhan a chumail gu cunbhalach ann an ùghdarrasan nan eilean. 'S e comhairliche às na h-Eileanan an Iar a tha ann an cathraiche a' bhùird. Tha seachd fo-chomataidhean a' toirt taic ris a' bhòrd. Coinnichidh fo-chomataidhean nam modh-sgrùdadh is nan gearan ceithir tursan am bliadhna; coinnichidh an fheadhainn eile nuair a dh'iarraas am bòrd orra coinneachadh.
21. Tha taic ionmhasair, clèirich is iar-chlèirich aig a' bhòrd is iad air an solar le Comhairle na Gàidhealtachd. Tha an dreuchdan amalaichte a-steach ann an obair nan Seirbheisean Laghail aig a' chomhairle. Tha mu thuaiream còig sa cheudad de thìde a' chlèirich agus lethcheud sa cheudad de thìde an iar-chlèirich air a chomharradh airson taic a chur ri bòrd a' phoileis. Dh'aontaich am bòrd ri moladh gus dreuchd taice leis fhèin a stèidheachadh a neartaicheas a dhreuchdsa mar sgrùdaiche neo-eisimeileach.
22. Tha mì-chòrdalas san rèiteachadh riaghlachais eadar am bòrd 's na ceithir comhairlean na bhroinn, is, mar eisimpleir, aonan dhiubh a' faighinn gearr chunntas a' bhùird aig làn choinneamhan na comhairle, aonan dhiubh a' cur gearr chunntasan a' bhùird ann an seòmar-suidhe nam ball is aonan eile a' faighinn fios orra o bhuill a' bhùird o àm gu àm. Ge-tà, tha bun-stèidh shlàn de cho-obrachadh eadar am bòrd is na ceithir comhairlean is, mar eisimpleir, an ceathrar chomhairlichean a' coinneachadh gus deasbad a dhèanamh air buidseat a' phoileasachaidh. Tha na comhairlean sa bheachd gur e bòrd èifeachdach a tha ann san fharsaingeachd ach tha e soilleir dhaibh nach eil dreuchd mòr acasan turas a chaidh am bòrd a stèidheachadh. Tha inbhe a' bhùird mar 'bhith laghail fa leth' ag adhbharachadh teagamh uaireannan a thaobh conaltradh eadar na comhairlean na bhroinn is am bòrd.
23. Gheibh buill ùra a' bhùird trèanadh air cuspairean poileasachaidh o Phoileas a' Chinn a Tuath. Chaidh tuairisgeulan obrach a thoirt a-steach cuideachd airson buill a' bhùird o chionn ghoirid. Tha iad a' toirt seachad treòrachadh feumail air dreuchd buill a' bhùird a thaobh rudan mar obair com-pàirteachais is sgrùdaidhean. Chan fhaca sinn fianais mhòr air solar trèanaidh leantainnich airson buill a' bhùird leis an fhorsa. Ge-tà, chaidh sgrùdadh a dhèanamh air feum trèanaidh ann an 2009 's thathar ag amas air prògram trèanaidh airson buill a chur ri chèile.

24. Tha an dòigh air a nì am bòrd co-dhùnaidhean fosgailte is soilleir. Tha coinneamhan a' bhùird poblach is tha clàir-obrach, aithisgean is gearr chunntasan furasta ri am faighinn air an làrach-lìn. Tha mu thuaiream an treas cuid de dh'aithisgean a' bhùird airson co-dhùnaidhean is dà thrian dheth airson clàradh. Chan ann air duilgheadasan ionadail a-mhàin a bhios ceistean nam ball is bidh fòcas ann air cuspairean ro-innleachdail mar is trice. Chuir am bòrd craoladh-lìn nan coinneamhan fo dheuchainn o chionn ghoirid gus am bi iad nas fosgailte is an t-inntrigeadh thuca nas fhasa airson a' phobaill.
25. Chan eil dòigh-obrach structarach aig a' bhòrd a thaobh stiùireadh chunnartan. Tha clàr chunnartan corporra air a bhith ann fad grunn bliadhna 's dh'aontaich buill a' bhùird ri ro-innleachd leasaichte airson stiùireadh chunnartan o chionn ghoirid. Ge-tà, chan eil fianais ann gun do bheachdaich buill a' bhùird air cunnartan aig ìre àrd gu cunbhalach 's na gnìomhan a tha air a mholadh gus an lasachadh. Thèid cunnartan sònraichte, leithid seasmhachd ionmhasail, a dheasbad leis a' bhòrd ach chan eil beachdachadh structarach ann air a' chlàr chunnartan corporra thairis air a' bhliadhna 's na thathar a' dèanamh gus an lasachadh.
26. Tha Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath a' gabhail os làimh an dleastanasan sgrùdaidh air glacas a' phoileis tron Sgeama Chuairtean Neo-Eisimeileach air Glacas (ICVS). Tha ICVS air a bhith aig Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath a-mach o 2000 's buill neo-eisimeileach na coimhearsnachd a' tadhal air stèiseanan poileis gun rabhadh 's a' cur sùil air cor is leas na feadhainn a tha ann an glacas a' phoileis. Thèid aithris a dhèanamh air na chunnacas rè nan cuairtean seo dhan bhòrd is amalachadh a-steach ann an Aithisg Bhliadhnail na h-Alba air obair nan Cuairtean Neo-Eisimeileach air Glacas ann an Alba.
27. Ged a tha am bòrd a' coileanadh a dhreuchdan sgrùdaidh a thaobh nan goireasan glacais a tha aig Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath air an tìr-mhòr, cha bhi an ICVS a' tadhal air ceallan a' phoileis ann an ùghdarrasan nan eilean. Chaidh an sgeama a' leudachadh gu na stèiseanan san Aghaidh Mhòr is ann an Inbhir Pheofharain, Alanais is Inbhir Nàrann ann an 2002, as dèidh toirt a-steach nan cuairtean glacais ann an Inbhir Nis ann an 2000. Dh'fhàg seo àireamh de ghoireasan glacais taobh a-muigh sgòp an ICVS, le faisg air 400 glacas gan làimhseachadh gach ràithe sna h-Eileanan an Iar, Arcaibh is Sealtainn. Tha duilgheadasan prataigeach aig a' bhòrd a thaobh cuairtean glacais air prìosanaich a bhios gu tur neo-eisimeileach anns na coimhearsnachdan beaga seo 's tha àireamh de bhuill o ùghdarrasan ionadail a' sgrùdadh nan goireasan seo mar cheallan laghaichte. Ged a tha cleachdadh de bhuill nan ùghdarrasan ionadail san t-saothair seo na fhuasgladh pragmatach air an duilgheadas seo gus am bi na daoine seo air an làn trèanadh 's buill theisteanach an ICVS, bidh am bòrd so-leònte san raon seo. Feumaidh am bòrd dèanamh cinnteach gun gabh an ICVS aig Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath a-steach gach goireas ann an sgìre an fhorsa 's gum bi cothrom ionnsachaidh mu dheagh chleachdadh ann san raon seo.
28. Chan eil Co-Bhòrd Poileas a Tuath a' dèanamh cinnteach aig an àm seo gum faigh na tadhlaidhean glacais aca treòrachadh iomchaidh mu mholaidhean air glacas a' phoileis o bhuidhnean-sgrùdaidh on taobh a-muigh. Rinn HMICS trì aithisgean air cuspairean co-cheangailte ri glacas san dà bhliadhna ron aithisg seo. Cha deach molaidhean nan sgrùdaidhean seo a cur air adhart leis a' bhòrd gu na

tadhlaichean glacais. Tha seo a' cur bacadh air na tadhlaichean glacais 's gan cumail o rùrachadh nan cuspairean seo 's aithris a dhèanamh dhan bhòrd mu na lorg iad.


Poileas a' Chinn a Tuath

Chaidh structar ùr a chur an sàs is trì roinnean-feachd aig an fhorsa a-nis anns a bheil ochd uachdranachdan gu h-iomlan is tha iad cha mhòr co-ionnan le sgìrean stiùiridh Comhairle na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha ìre bhrosnachail de chumhachdachadh anns na roinnean-feachd is uachdranachdan sgìre 's bheir seo cothrom do gach aon dhiubh beachdachadh air feum ionadail nan sgìrean is prìomhachasan a chur air. Tha sgioba-gnìomha an fhorsa a' toirt seachad ceannardas làidir, soilleir agus tha dòigh-obrach chorpóra ann airson cùisean a bhuineas dhan fhorsa air fad is le os-sealladh math is e a' toirt dùbhlán do ghnìomhan poileasachaidh. Nì am fors a aithrisean dhan bhòrd aig an àm seo air adhartas a thaobh molaidhean a rinn buidhnean-sgrùdaidh on taobh a-muigh. Chan eil fiosrachadh gu leòr sna h-aithisgean seo 's chan urrainn dhan bhòrd sgrùdadh èifeachdach a dhèanamh air co-dhùnaidhean an fhorsa air buileachadh no prìomhachasadh nam molaidhean seo leis na tha ann de dh'fhiosrachadh. Leasaich Poileas a' Chinn a Tuath ro-innleachd leasaichte air stiùireadh chunnartan o chionn ghoirid is tha an dòigh-dhèiligidh ùr nas iomlaine a thaobh cunnartan na buidhne, mineachadh nan cunnartan a chaidh prìomhachas a chur orra 's na thathar a' dèanamh gus na cunnartan seo a lasachadh.

29. 'S e sgioba-gnìomha an fhorsa a tha os cionn an fhorsa aig ìre ro-innleachdail is coinnichidh e gach seachdain a stiùireadh ghnìomhan obrachaidh. Tha am prìomh chonstabal, am prìomh iar-chonstabal is dithis prìomh stiùireadair a tha sa sgioba-ghnìomha, a bharrachd air ceannard nan goireasan daonna is ceannard stiùireadh an ionmhais is a' mhaoineachaidh. Tha gach ball an sgioba seo air a' Bhuidheann-Ghnìomha Chomhairleachaidh cuideachd a chumas sùil air cùisean ro-innleachdail nas fharsainghe.
30. Tha trì roinnean-feachd san fhorsa. Tha seo mar thoradh air ath-sgrùdadh mòr air an fhorsa a thoisich ann an 2006 agus chaidh na h-ochd aonadan uachdranachd sgìreil a thoirt còmhla ann an trì roinnean-feachd.
 - **An Ear** (a' frithealadh coimhearsnachdan na Gàidhealtachd ann an Inbhir Nis, Bàideanach, Srath Spè is Inbhir Nàrann).
 - **Am Meadhan** (Ros γ Cromba, Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse agus na h-Eileanan an Iar).
 - **An Tuath** (Gallaibh, Cataibh, Ros an Ear, Arcaibh is Sealtainn).
31. Chaidh na h-uachdranachdan sgìreil a ghlèidheadh am broinn an structair roinneil agus tha prìomh sgrùdaiche os cionn gach aon dhe na h-ochd uachdranachdan sgìreil. Tha ùghdarrasan eilein sna h-Eileanan an Iar, Arcaibh is Sealtainn co-ionnan ris na roinnean-feachd sgìreil. Tha na roinnean-feachd seo nam pàirt de roinnean nas motha le stiùireadair os an cionn (faic Clàr 2). Tha na roinnean-feachd seo cha mhòr co-ionnan ri sgìrean stiùiridh comhairle na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus tha iad a' solar stiùireadh ro-innleachdail is stiùireadh dha na h-uachdranachdan sgìreil. Air sgàth na dòigh phragmatach seo, gheibh na sgìrean comhairle seo buannachdan is iad co-ionnan ri crìochan a' phoileis, a' glèidheadh buannachdan cosgais de roinnean-feachd nas motha.

Clàr 2

Sgìre an fhorsa



Legend: North Division: Roinn-Fheachd a Tuath
Central Division: Roinn-Fheachd a' Mheadhain
East Division: Roinn-Fheachd an Ear

Tùs: HMICS is Riaghaltas na h-Alba

32. Tha am forsa a' cumail os-sealladh air gnìomhan roinneil is tha dòigh-obrach chorporra aige a chum adhbharan a bhuineas ris an fhorsa air fad. Tha cruinn-eòlas trì roinnean a' phoileis agus nan uachdranachdan sgìreil annta a' toirt diofar dùbhlain dhaibh ach tha os-sealladh soilleir nam meadhan, maille ri marasgladh nan gnìomhan is an dèanadais a-rèir plana a' phoileasachaidh. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air dèanadas de roinn-fheachd agus air cunntasalachd nan ceannardan le ceann an obrachaidh gach mìos.
33. Leasaich Poileas a' Chinn a Tuath an ro-innleachd stiùireadh chunnartan aige o chionn ghoirid ach cha robh e air a chur an sàs gu tur fhathast aig àm an sgrùdaidh. Tha an ro-innleachd leasaichte a' dèiligeadh ri cunnartan buidhneil nas iomlaine. Stèidhich am forsa clàr chunnartan corporra iomadh bliadhna air ais. Cha robh fianais mhòr ann gun deach ùrachadh gu cunbhalach no gun deach lasachadh nan cunnartan a mharasgladh gu cunbhalach 's tha seo a' cur nar sùil nach deach stiùireadh ro-innleachdail nan cunnartan a chur an sàs am broinn na buidhne gu tur fhathast. Chaidh ro-innleachd stiùireadh chunnartan a leasachadh o chionn ghoirid, le clàr-ama airson clàr chunnartan leasaichte ron Mhàrt 2010, le sgòp nas fharsaing a ghabhas a-steach cuspairean nas fharsaing mar sheasmhachd ionmhasail is cunnartan cliùtha agus modh-eòlas a chum marasgladh cunbhalach de chunnartan le seann oifigearan.
34. Tha deagh os-sealladh aig an fhorsa air planadh na coimhearsnachd is gnìomhan com-pàrteachais sa choimhearsnachd air feadh nan trì roinnean-feachd le marasgladh is sgrùdadh gnìomhan on mheadhan. Tha co-òrdanachadh ann a thaobh stiùireadh chunnartan obrachaidh. Tha am forsa a'

sealltainn cothromachadh eadar fòcas air cùisean ionadail is prìomhachas do chunnartan air ìre nàiseanta.

35. Gu eachdraidheil, cha robh mion-eòlas iomlan anns na h-aithisgean a thug Poileas a' Chinn a Tuath dhan bhòrd a thaobh adhartas a rinneadh an cois nam molaidhean a rinn buidhnean sgrùdaidh on taobh a-muigh 's am molaidhean agus chuir seo bacadh air a' bhòrd ann an coileanadh iomlan uallaichean sgrùdaidh. Bidh Poileas a' Chinn a Tuath a' dèanamh aithris do bhòrd a' phoileis air adhartas a thaobh a' cuid as motha dhe na molaidhean a nì HMICS agus buidhnean-sgrùdaidh eile. Tha seo na ghearr chunntas feumail san fharsaingeachd, a' toirt cothrom marasglaidh air adhartas an fhorsa a thaobh buileachadh nam molaidhean dha na buill ach chan eil fiosrachadh gu leòr ann leis a bheireadh comas dhan bhòrd sgrùdadh a dhèanamh air na thug air an fhorsa tighinn gu co-dhùnadh a thaobh prìomhachas no moladh airson leasachadh a dhiùltadh. Chan fhoghainn aithrisean air adhartas a thaobh nam molaidhean leotha fhèin leis airson làn choileanadh a' bhùird a thaobh uallaichean sgrùdaidh.
36. B' urrainn dhan fhorsa tuilleadh a dhèanamh gus piseach a chur air a chunntasalachd phoblach le bhith a' cur piseach air an fhiosrachadh mu dhèanadas a gheibh am poball. Tha e furasta gu leòr dhan phoball an làrach-lìn aig www.northern.police.uk a ruigsinn is tha inntigeachd ann dhan Aithisg Ro-Innleachdail is Bhliadhnail air Dèanadais a' Phoileis ach fiosrachadh mu dhèanadas san fharsaingeachd cuingichte. Tha fiosrachadh air dèanadas ri fhaighinn is furasta ri leughadh is ri thuigsinn ach chan eil fiosrachadh ann air treandaichean, targaidean, coimeasan ri àireamhan cuibheasach o Alba is o fhorsaichean eile agus chan eil e a' mìneachadh carson a tha ro bheag de dhèanadas aig cuid agus mar a tha dùil a leasachadh.

Obair ann an com-pàirteachas is dol an sàs na coimhearsnachd

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Tha buill a' bhùird a' tuigsinn feum an cuid coimhearsnachdan a thaobh obair poileis. Tha iad cuideachd an sàs gnìomhan planadh coimhearsnachd anns gach aon dhe na sgìrean comhairle. Thathar a' leasachadh an sgrùdadh air gnìomhan planadh coimhearsnachd an fhorsa. Rinn na buill marasgladh air toirt a-steach nan Còrdaidhean Aon-Amasach agus an t-adhartas a rinneadh a thaobh iomadh amas a tha co-cheangailte ri obair a' phoileis.

37. Tha deagh thuigse aig buill a' bhùird air na cuspairean poileasachadh a' toirt buaidh air an cuid coimhearsnachdan. Gheibh iad aithrisean air toraidhean de shuirbhidhean a nì am poileas, rud a leasaicheas an thuigse choitcheann a fhuair iad tro an dreuchdan mar bhuill thaghte.
38. Tha fianais shoilleir ann gu bheil com-pàirteachas èifeachdach eadar am bòrd is na com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd aige. Tha buill a' bhùird an sàs gach aon dhe na com-pàirteachasan tèarainteachd coimhearsnachd a tha aig Poileas a' Chinn a Tuath. Cha robh riochdachadh aig a' bhòrd aig com-pàirteachas tèarainteachd na coimhearsnachd ann an Arcaibh sna beagan mìosan a dh'fhalbh ach thathar a' rèiteachadh na cùise.

39. Thathar a' leasachadh an sgrùdadh air gnìomh planadh coimhearsnachd an fhorsa. Fhuair am bòrd aithrisean cunbhalach air toirt a-steach nan Còrdaidhean Aon-Amasach anns gach aon dhe na ceithir sgìrean comhairle rè 2008/09. Bha aithisg chruinn mu na Còrdaidhean Aon-Amasach ann as dèidh sinn san t-Samhain 2009 's thug seo mion-fhiosrachadh marasglaidh dha na buill is b' urrainn dhaibh measadh a dhèanamh leis air an adhartas a rinn am forsa air an t-slighe a dh'ionnsaigh amasan nan CAA a thaobh poileasachaidh.

Poileas a' Chinn a Tuath

Tha am forsa ag obair còmhla ris a chuid com-pàirtichean gu math 's tha e follaiseach gu bheil dealas dian aige do phlanadh na coimhearsnachd is libhrigeadh bhuilean ionadail. Tha deagh dhàimh ann eadar buill a' bhùird, na cinn sgìre is cinn nan roinnean-feachd. Chan eil aithrisean ann air feadh an fhorsa air an adhartas a dh'ionnsaigh amasan nan CAA. Gabhaidh a' choimhearsnachd pàirt is tachraidh comhairleachadh air dòigh structarach is thathar ga chleachdadh ann an dealbhadh prìomhachasan an fhorsa. Ged a tha treòrachadh soilleir aig an fhorsa a thaobh dreuchdan is dleastanasan ann an com-pàirteachasan le buidhnean eile, chunnacas nach robh e soilleir gu leòr do chuid dhe na com-pàirtichean taobh a-muigh prìomh oifisean na roinne dè na dreuchdan a tha aca.

40. Thèidear an sàs na coimhearsnachd agus thèid co-chomhairleachadh a dhèanamh air dòigh structarach fo dheagh stiùireadh thairis air trì ceuman. Bidh oifigear a' phoileis an làthair aig gach comhairle coimhearsnachd is fòram de roinn-taghadh am broinn sgìre an fhorsa. Thèid ceannardan na roinne-feachd is na sgìre an sàs prìomh luchd-ùidhe, com-pàirtichean is buill thaghte agus gheibhear inntrigeadh thuca. Bidh ceangal eadar am prìomh chonstabal is sgioba-gnìomha an fhorsa aig ìre nam prìomh oifigearan. Bheir seo cothrom do bhuidhnean na coimhearsnachd is buill thaghte iomradh a dhèanamh air cùisean a tha a' cur dragh orra no anns a bheil ùidh agus beachdan fhaighinn mu an dèidhinn. Fhuaradh deagh bheachdan air a' phròiseas o na com-pàirtichean is na buill thaghte a chaidh agallamh a dhèanamh leotha. Tha am pròiseas co-chomhairleachaidh structarach a' toirt cothrom do dhuine cuspairean eadar feadhainn ionadail is ro-innleachdail a thogail agus dèiligeadh riutha.
41. Chaidh Poileas a' Chinn a Tuath an sàs gach aon dhe na ceithir CPC aige gu soirbheachail gus Còrdaidhean Aon-Amasach a stèidheachadh. Ged a bha deagh thuigse mu shoirbheas no neo-shoirbheas a' CAA aige fhèin aig gach CPC, cha tug am forsa fianais dhan bhòrd air adhartas nan CAA uile gu lèir. Cuiridh am prìomh chonstabal ainm ri gach CAA 's bheir na ceannardan sgìre anns gach ùghdarras eilein aithris air ais dhan CPC a h-uile ceithir mìosan. Tha am forsa a' sealltainn tuigse nan dreuchdan a tha aig na CAA ann am brosnachadh gnìomhan a' phoileis ach a dh'aindeoin sin, tha marasgladh is aithrisean air toraidhean nan CAA fo leasachadh fhathast. Thug am forsa a-steach os-aithisg o chionn ghoirid a tha na ghearr chunntas air adhartas a dh'ionnsaigh nan targaidean am broinn nan ceithir CAA.
42. Tha dealas làidir air an fhorsa do phlanadh na coimhearsnachd. Dh'amalaich e gnìomhan planadh na coimhearsnachd anns na trì roinnean-feachd. Tha na ceannardan sgìreil nam buill ghnìomhach air Com-pàirteachas Tèarainteachd na Coimhearsnachd. Coinnichidh na ceannardan sgìreil is roinn-fheachdail le buill ionadail a' bhùird agus bheir iad sùil dhomainn air cùisean ionadail.

43. Tha earbsa aig com-pàirtichean planadh na coimhearsnachd aig an fhorsa anns na ceithir com-pàirteachasan gu bheil Poileas a' Chinn a Tuath làn dealas do phlanadh na coimhearsnachd. Tha dàimh riaghlachais is cunntasalachd làidir eadar ceannardan nan roinnean-feachd is na ceannardan sgìreil agus an cuid CPC ionadail. Tha os-sealladh corporra a thaobh gnìomhan com-pàirteachais aig an fhorsa. 'S e am forsa a tha an urra ri co-òrdanachadh on mheadhan agus ri marasgladh gnìomhan com-pàirteachais agus thèid duilgheadasan no deagh chleachdaidhean a chomharradh leis. Tha am poileas a' gabhail pàirt air feadh com-pàirteachasan planadh na coimhearsnachd agus chunnacas fianais air seann dàimh stèidhichte leis na com-pàirteachasan.
44. Tha com-pàirteachas ann am planadh gnothaich obrachail tro roinneadh obrach is coinneamhan co-òrdanachaidh caochlaideach taobh a-muigh structar nan CPC. Tha rùn foillsichte ann sna h-Eileanan an Iar gus coinneamh com-pàirteachais a chumail a h-uile dà mhìos gus obair a roinneadh is co-òrdanachadh ach cha do thachair sin fhathast. Gu eachdraidheil, chaidh co-choinneamh airson roinneadh obrach a chumail ann an Arcaibh far an tàinig na com-pàirtichean cruinn. Chan eil seo a' tachairt tuilleadh is air sgàth gainnead conaltraidh, chan eil fios aig na com-pàirtichean an deach co-dhùnadh a dhèanamh leis an fhorsa gun sguireadh dheth no gun cuireadh dàil air.
45. A dh'aindeoin an treòrachaidh shoilleir air dreuchdan is uallaichean ann an obair com-pàirteachais a rinn am forsa, tha an dàimh leis na com-pàirtichean air fàs neo-fhoirmeil ann an cuid dhe na raointean, rud a dh'adhbharaich mì-shoilleireachd a thaobh dreuchd a' chom-pàirtiche. Bhathar a' roinneadh fiosrachadh, a' dol an sàs a chèile is ag obair gu èifeachdach an dà chuid aig ìre ro-innleachdail is roinneil na prìomh oifise. Cha robh sin cho cunbhalach aig an ìre uachdranachd. Bha dàimh nan com-pàirteachasan air a dheagh chothromachadh ann an dà sgìrean comhairle ach chunnacas com-pàirteachas fulangach ann an dà chomhairle eilein far an do ghabh na com-pàirteachasan na chaidh a thoirt dhaibh. Cha robh iad mothachail dhan t-seòrsa de dh'fhiosrachadh, dàta is staitistearachd a bha ri am faighinn dhaibh.

Stiùireadh is leasachadh dèanadais

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Tha deagh thuigse aig buill a' bhùird air cudromachd an sgrùdaidh air dèanadas a' phoileis. Gheibh iad taghadh farsaing de dh'fhiosrachadh air gnìomhan a' phoileis, ìrean dèanadais is adhartas ann am buileachadh nam molaidhean o sgrùdaidhean is o mhodh-sgrùdaidhean on taobh a-muigh. Bidh na buill a' gabhail pàirt ann an sreath de bhuidhnean-obrach cuideachd 's iad a' toirt dùbhlann neo-eisimeileach do chuspairean sònraichte mar co-ionannachd is ath-sgrùdadh an fhorsa. Ge-tà, chan eil buill a' bhùird a' cur romhpa gu ro-ghnìomhach dè am fiosrachadh marasglaidh a dh'fheumas iad gus sgrùdadh iomlan a dhèanamh air adhartas an fhorsa ann an coileanadh nan amasan ro-innleachdail aige agus an uallaichean sgrùdaidh a choileanadh. Cuideachd, bidh am bòrd a' toirt gèill dhan fhorsa ann an comharradh nan rudan a tha feumach air ath-sgrùdadh is leasachadh. Tha sgòp ann cuideachd airson gearr chunntas air gnìomhan a' bhùird thairis air a' bhliadhna am broinn na h-aithisg phoblach bhliadhnail air dèanadas.

46. Bidh am prìomh chonstabal a' solar aithisg ràitheil air cor na h-eucorach aig gach coinneamh a' bhùird. Tha seo na ghearr chunntas air tachartasan is gnìomhan a' phoileis, an dà chuid aig ìre an fhorsa 's nan uachdranachdan ionadail is tha buill a' bhùird a' coimhead air mar aithisg fheumail. Tha an aithisg a' leantainn nan còig cuspairean ro-innleachdail aig an fhorsa ach chan eil e a' toirt dealbh

iomlan air an adhartas. Mar eisimpleir, tha mion-fhiosrachadh ann air cuid dhe na h-amasan, can leòndadh is bàs ann an tubaistean rathaid is daoine ag òl 's a' draibheadh. Ach cha bhithear a' solar fiosrachadh air amasan eile, can greimeachadh draibhearán ro luath, neo-chleachdadh de chriosan-tèarainteachd agus cleachdadh mì-laghail de dh'fhònaichean-làimhe fhad rè draibhidh.

47. Gheibh buill a' bhùird aithisgean mìosail an fhorsa air dèanadas cuideachd. Tha am fiosrachadh staitistheil ann air gnìomhan is dèanadas a' phoileis fada nas mionaidiche. Ge-tà, chan eil na h-aithisgean seo a' leantainn ris na còig cuspairean ro-innleachdail aig an fhorsa. Tha fiosrachadh marasglaidh ann an cuid dhiubh air na targaidean ro-innleachdail is tha iad a' dèanamh aithris air cùisean dèanadais eile cuideachd nach eil ro-innleachdail. A bharrachd air sin, thèid na mion-aithisgean air dèanadas a chur air beulaibh dhaoine air latha coinneamh a' bhùird is cha bhi cus tìde aig na buill na prìomh phuingeann a thoirt a-steach. Gheibh na buill mòran fiosrachaidh ach chan urrainn dhaibh adhartas an fhorsa a dh'ionnsaigh nan targaidean ro-innleachdail a mharasgladh gu èasgaidh.
48. Bidh am bòrd ag ath-sgrùdadh aithisg phoblach bhliadhnail Poileas a' Chinn a Tuath air dèanadas. 'S e sgrìobhainn so-inntrigichte a tha ann 's tha torr fiosrachaidh na bhroinn is cuid dheth air a chur air dòigh a-rèir prìomh chuspairean a' phlana ro-innleachdail. Ge-tà, tha beàrnann anns ann fhiosrachadh a gheibhear, mar a thachras leis a' chuid as motha dhe na h-aithisgean mìosail air dèanadas. Air sgàth sin, chan eil e a' toirt measadh soilleir dhan leughadair air adhartas Poileas a' Chinn a Tuath a dh'ionnsaigh gach prìomh amas a tha na phlana ro-innleachdail. Tha an aithisg a' gabhail a-steach os-sealladh on chathraiche ach chan eil gearr chunntas sam bith ann air gnìomhan a' bhùird no a bhuidh.
49. Bidh deagh dheasbadan 's ceistean ri an cluinntinn aig coinneamhan a' bhùird. Ged a bhios a' chuid as motha de phàipearan a' bhùird a' clàradh, 's chan ann a' taisbeanadh roghainnean airson co-dhùnaidhean a' bhùird, bithidh buill a' ceasnachadh oifigearan agus, san fharsaingeachd, bidh iad a' cur cudrom air cuspairean ro-innleachdail mar sheasmhachd ionmhasail. Tha ìre mhath de sgrùdadh a' tighinn o Bhuidheann-Obrach Modh-Sgrùdaidh cuideachd a bhios a' beachdachadh air taghadh de dh'aithisgean sgrùdaidh 's modh-sgrùdaidh 's a bhios a' cumail sùil air an adhartas a thathar a' dèanamh ann am buileachadh an molaidhean.
50. Chan eil am bòrd ro-ghnìomhach ann an socrachadh nan aithisgean a dh'fheumas e gus a dhleastanasan a choileanadh. Bithidh buill ag iarraidh aithisgean air cuspairean sònraichte ach chan eil iad eòlach fhathast air sgòp is structar nan aithisgean marasglaidh air dèanadas. An àite sin, 's e oifigearan is manaidsearan a' phoileis a bhios a' socrachadh an fhiosrachadh a thèid a sholar do bhuill a' bhùird a ghnàth. Mar eisimpleir, cha d' fhuair am bòrd fiosrachadh air àireamh na cloinne ann an glacas is cha deach an aire a tharraing dhan a h-uile moladh o sgrùdadh on taobh a-muigh, a' gabhail a-steach na feadhainn nach robh iomchaidh nan sgìre a-rèir beachd nan oifigearan.
51. Cuiridh buill a' bhùird sùil bheag san fharsaingeachd air clàr-gnothaich an fhorsa air leasachadh. Mar eisimpleir, bha iad an sàs Buidheann-Obrach Ath-Sgrùdadh an Fhorsa, a' toirt dùbhlann neo-eisimeileach dhan ath-structarachadh mhòr seo air Poileas a' Chinn a Tuath. Thoisich iad air pàirt a

ghabhail ann an ath-sgrùdadh air seirbheisean co-roinnte o chionn ghoirid. 'S e ath-sgrùdaidhean feumail a tha annta agus 's mathaid gun tig caomhnaidhean mòr asta ach 's e am forsa a bhrosnaicheas iad mar is trice 's chan eil iad a' tighinn o sgrùdadh neo-eisimeileach nam ball. Tha sgòp ann airson dreuchd nas làidire airson nam ball ann an sònrachadh de ghnìomhan is taghadh de phrìomhachasan mus tèid aca air an obair a dhèanamh taobh ri taobh leis a' phrìomh chonstabal a chum deagh luach a lorg.

Poileas a' Chinn a Tuath

Sheall Poileas a' Chinn a Tuath gu bheil e dealas do leasachadh nan seirbheisean is rinn e iomadh gnìomh leasachaidh air feadh an fhorsa. Tha an gnìomh seo air a bhonntachadh, chaidh prìomhachasan a thaghadh is tha e air a stiùireadh le os-phlana leasachadh corporra. Chan eil stiùireadh an dèanadais a' cur prìomhachas an-dràsta fhèin air cuid dhen fhiosrachadh dèanadais a tha co-cheangailte ri prìomhachasan mòran an fhorsa agus tha am mion-fhiosrachadh gann ann an aithisgean gnìomhachd is dèanadais airson a' phobaill is a' bhùird.

52. Tha fòcas soilleir aig Poileas a' Chinn a Tuath air leasachadh. Chaidh ath-structar a chur air an fhorsa an cois ath-sgrùdaidh is dreuchdan na prìomh oifise nas èifeachdaiche a-nis is gluasad de ghoireasan o luchd-obrach taice gu seirbheisean-aghaidh. A bharrachd air sin, thug e cead do chruthachadh de dh'aonadan Dìon a' Phobaill, Ro-Gnìomhach is Modail Innleachd Nàiseanta (NIM) aig prìomh oifis gach roinne-feachd gus taic a chur ri poileasachadh obrachail. Thug am forsa a-steach Aonta air Sioftaichean Lùbach gum bi goireasan mòra aig a' phoileas aig amannan cudromach. Tha am forsa a-nis ag ath-sgrùdadh buaidh an ath-structaraidh seo 's ag amas air buannachdan gnothachais no caomhnaidhean èifeachdais eile a chomharradh as urrainn dha lorg.
53. Bidh Poileas a' Chinn a Tuath a' bonntachadh, a' prìomhachasadh is a' stiùireadh a ghnìomhan a-rèir os-phlana leasachaidh corporra. Tha prìomhachasadh is libhrigeadh nan amasan sa phlana, an dèidh co-chomhairleachaidh, ga stiùireadh tro chuairt planadh is ath-sgrùdadh bhliadhnail an fhorsa. Thathar a' beachdachadh air raon de mholaidhean leasachaidh, obair co-chomhairleachaidh, pròiseactan leantainneach is fiosrachadh air obraichean calpa nuair a nithear co-dhùnadh air amasan, saothraichean is prìomhachasan an fhorsa san àm ri teachd. Thèid an cur an sàs an uairsin taobh ri taobh ri amasan obrachail a fhuair aonta o Bhuidheann Marasgladh a' Chalpa 's nam Pròiseact aig an fhorsa. Tha am forsa a' cumail os-sealladh air an adhartas tro Bhòrd Dèanadas an Fhorsa, leis a' phrìomh iar-chonstabal sa chathair, a nì sgrùdadh air 's a bheir dùbhlán do ghnìomhan a bhios air leth math no dona.
54. Ged a tha grunn amasan dèanadais ann am Plana Poileasachadh an Fhorsa a thaobh prìomhachasan ro-innleachdail, tha amasan dèanadais car eadar-dhealaichte ann am Plana Ro-Innleachdail an Fhorsa. Tha an gainnead de chunbhalachd seo ri fhaicinn cuideachd anns an dòigh air a bheir am forsa fhèin aithris air dèanadas is grunn amasan dèanadais ann nach eil a' freagairt ris an fheadhainn a tha ann sa phlana poileasachaidh. Faodaidh an diofar seo aimlisg adhbharachadh is aire a tharraing air falbh o phrìomh raointean an dèanadais.
55. Tha structar stiùiridh iomlan aig an fhorsa gus sùil a chumail air a dhèanadas is dùbhlán a thoirt dha agus leis na diofar cathraichean a bhios os cionn nan coinneamhan seo, tha e a' solar ìre àrd de structar cruaidh is dùbhlán ach fhathast càirdeil. Ge-tà, tha an diofar leis an ro-innleachd

smachdachaidh a' cur bacadh air dòigh-obrach an fhorsa san fharsaingeachd: tha an aithisg dèanadais, aig a bhios buaidh air a' phròiseas mharasglaidh, ga dhealbhadh a-rèir plana poileasachadh an fhorsa ach chan ann a-rèir na ro-innleachd smachdachaidh aige. Ged a bhios Aonad Stiùireadh Fiosrachadh an Fhorsa a' cumail sùil air an dèanadas is a' dèanamh aithris air a thaobh gnìomhan bacadh, fiosrachaidh is èigneachaidh mar phàirt dhen phròiseas NIM, chan eil na h-ùrachaidhean seo air an amalachadh sa phròiseas mharasglaidh air dèanadas an fhorsa.

56. Chan eil am fiosrachadh poblach air dèanadas iomlan. Tha am fiosrachadh a gheibhear air làrach-lìn an fhorsa furasta ri leughadh is ri thuigsinn ach chan eil e a' gabhail a-steach fiosrachadh air treandaichean, targaidean is coimeas ri àireamhan cuibheasach na h-Alba is de dh'fhorsaichean eile no a' rùrachadh nan adhbharan dhan chaochlaideachd seo ann an dèanadas an fhorsa. Ged a tha fianais ann gu bheil a' dèanamh coimeas air dèanadas eadar na roinnean-feachd is uachdranachdan sgìreil am broinn an fhorsa, cha robh ann ach fianais bheag gu bheil am forsa a' dèanamh coimeas ri forsaichean no sgìrean eile.
57. Chan eil na h-aithrisean gnìomhachd a gheibh am bòrd iomlan. Chan eil am forsa a' toirt fiosrachadh gu leòr dhan bhòrd gus an urrainn dha làn sgrùdadh a dhèanamh air na h-adhbharan do cho-dhùnaidhean a rinneadh mar fhreagairt air molaidhean o bhuidhnean sgrùdaidh. Gheibh am bòrd fhèin na aithisgean o sgrùdaidhean on taobh a-muigh ach tha iad a' crochadh air a' phoileas aig an àm seo 's am poileas a' mion-dealachadh na molaidhean 's a' dèanamh aithris orra. Thug am forsa a-steach aithisg marasglaidh bhonntaichte o chionn ghoirid anns a bheil na molaidhean a rinn na buidhnean-sgrùdaidh on taobh a-muigh a gheibh buill a' bhùird. Thathar a' cur fàilte air an leasachadh seo ach ged a thèid fiosrachadh gu leòr a chlàradh gus an urrainn dhan bhòrd sùil a chumail air an adhartas a thaobh nam molaidhean, chan eil fiosrachadh gu leòr ann a bheireadh comas dha sgrùdadh a dhèanamh air na h-adhbharan is co-dhùnaidhean a tha air cùlaibh freagairt an fhorsa ris na molaidhean.

Cleachdadh nan goireasan

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Thathar a' cumail fiosrachadh air cùisean ionmhasail ri buill a' bhòrd gu math, tha iad gnìomhach ann am marasgladh ionmhasail agus tha iad, tro iomadh buidhnean-obrach air goireasan daonna, èifeachdach ann am marasgladh de chùisean an luchd-obrach. Nì iad sgrùdadh air grunn chuspairean ro-innleachdail co-cheangailte ri cleachdadh nan goireasan ach bidh iad a' toirt gèill dhan forsa mar is trice a bhrosnaicheas na h-ath-sgrùdaidhean seo.

58. Tha dreuchd gnìomhach aig a' bhòrd ann am marasgladh stiùireadh ionmhasail an fhorsa. Bheir e aonta dhan bhuidseat air fheadh ach, a bharrachd air sin, bheir e aonta do gach co-dhùnadh ionmhasail mòr, mar chùmhnanntan mòra 's prògram caiteachas calpa bliadhnail. Bidh e a' cumail sùil air aithisgean a' bhuidseit rè na bliadhna cuideachd is ag ath-sgrùdadh nan aithisgean air bliadhnail air caomhnaidhean is èifeachdas.
59. Bidh buill a' bhùird a' cumail sùil air cleachdadh nan goireasan tro bhallrachd anns na diofar buidhnean-obrach nan oifigearan cuideachd. Mar eisimpleir, rinn am buidheann-obrach Creideas Nar

Cosnaichean (IIP) ath-sgrùdadh air tricead de làithean tinneis is toraidhean suirbhidhean an luchd-obrach dà-bhliadhna. Bha riochdachadh aig a' bhòrd cuideachd air ath-sgrùdadh an fhorsa tron phàirt a ghabh an cathraiche is an t-iar-chathraiche air Bòrd Prògram Ath-Sgrùdadh an Fhorsa. A bharrachd air sin, thèid buill a' bhùird do cho-labhairt aon-latha mun ath-sgrùdadh. Fhuair an ath-structaradh seo, anns an deach goireasan a ghluasad gu mòr o sheirbheisean taice gu obair-aghaidh a' phoileis, taic o bhòrd fiosrach is gnìomhach.

60. Bidh am bòrd a' gabhail ùidh ro-innleachdail thar ann an cor ionmhasail an fhorsa a bhios thairis air marasgladh aithisgean mìosail a' bhuidseit airson na bliadhna . Chaidh àireamhan a' phoileis a bhios ri obair-aghaidh a chur am meud an cois Ath-Sgrùdadh an Fhorsa agus tha e ann an cor ionmhasail gu math làidir aig an àm seo. Chunnacas gun robh buill a' bhùird glè mhothachail dhan àrainneachd eaconamach agus, a' sùileachadh ri crìonadh a' bhuidseit san àm ri teachd, thug iad dùbhlain dhan na h-oifigearan a thaobh seasmhachd modail a' phoileasachaidh is a' choir ionmhasail làithrich.
61. Sgrùdaich buill a' bhùird cuid dhe na cuspairean ro-innleachdail a thaobh cleachdadh nan goireasan leis an fhorsa. Mar a chaidh innse roimhe, ghabh iad pàirt ann am marasgladh an ath-sgrùdadh air an fhorsa a dh'adhbharaich ath-structaradh mòr an fhorsa 's gluasad de ghoireasan. Thoisich iad air pàirt a ghabhail ann am buidheann-obrach eile o chionn ghoirid a nì ath-sgrùdadh air cothroman co-roinnidh de sheirbheisean le ùghdarrasan a tha ri taobh a chèile. Ge-tà, 's e am forsa a bhrosnaich na h-ath-sgrùdaidhean seo mar is trice 's chan ann o sgrùdadh a' bhùird air dèanadas no a mheasadh air rudan eile a tha feumach air leasachadh a thàinig iad. Ged a bheachdaich e air pròiseactan sònraichte o àm gu àm, cha do stèidhich am bòrd prògram de sgrùdaidhean le prìomhachasan san fharsaingeachd a tha stèidhichte air measadh dèanadais no chunnartan.

Poileas a' Chinn a Tuath

Tha deagh smachd ionmhasail aig an fhorsa 's tha deagh eachdraidh aige ann am buileachadh de targaidean caomhnadh èifeachdais. Ged nach eil ro-innleachd ionmhasail ro-innleachdail aige, 's ann airson na h-ùine fhada a tha iad a' coimhead air seasmhachd ionmhasail. Chaidh structar ùr a chur air libhrigeadh seirbheisean a' phoileis an cois ath-sgrùdadh mòr air an fhorsa 's fhuaradh caomhnaidhean èifeachdais neo-shuarach às. Tha deagh dhòigh-dhèiligidh aig an fhorsa air stiùireadh ro-innleachdail nan goireasan daonna aige ach cha robh fianais mhòr san obrachadh gu bheil a' cleachdadh pròiseas co-roinneadh na h-obrach eadar na roinnean-feachd gus aghaidh a thoirt air dùbhlain ann an obair a' phoileis tro ghnàth-ghluasad de ghoireasan on tir-mhòr gu na h-eileanan.

62. Bha buidseat de theachd a-steach chruinn aig Poileas a' Chinn a Tuath airson 2009/10 de £59.4 millean, barrachd air millean not a bharrachd an coimeas ris a' bhliadhna seo chaidh. Ge-tà, tha fianais ann a sheallas gu bheil caiteachas an fhorsa gu math ìseal an coimeas ri forsachan eile a' phoileis ann an Alba. Chosg e £223 an duine ann an 2008/09, fada nas lugha na an cuibheas Albannach de £258 is beagan fo ìre caiteachas an fhorsa ann an 2007/08 ([Clàr 3](#)).

Clàr 3

Caiteachas iomlan air poileasachadh na h-Alba air gach duine san t-sluagh an 2008/09 is 2007/08

Caiteachas iomlan air gach duine san t-sluagh	2008/09 Cunntasan bliadhnail £	2007/08 £
Alba	258	258
Taobh Tatha	241	234
Lodainn ⁊ na Crichean	292	287
Srath Chluaidh	265	267
Ceann a Tuath	223	230
Am Monadh Liath	236	222
Am Meadhan	221	229
Fìobha	235	239
Dùn Phris ⁊ Gallghaidhealaibh	277	272

Fios: Chaidh obair TFC a ghluasad gu ÙSPA (Ùghdarras Seirbheisean Poileas na h-Alba) 1 dhen Ghiblean 2008. Bidh buaidh aige seo air coimeas fiosrachadh a' chaiteachais eadar 2007/08 is 2008/09.

Tùs: cunntasan bliadhnail bùird nam poileas

63. Tha smachd ionmhasail làidir aig Poileas a' Chinn a Tuath. Tha deagh phròiseasan aig a' bhòrd airson suidheachadh is marasgladh a' bhuidseit is bidh e a' toirt aithisgean iomlan dhan bhòrd. Tha tràchd dearbhaichte aig an fhorsa a thaobh caomhnaidhean èifeachdais soirbheachail cuideachd. Rinn e aithris air £1.8 mhillean de chaomhnaidhean ath-chùrsach ann an 2008/09, còmhla ri £1.7 mhillean eile a fhuaradh o reic nan taighean poileis. Tha plana ann airson caomhnadh eile de £1.8 mhillean airson na bliadhna ionmhasail làithreach. Chaidh aig an fhorsa air airgead a chaomhnadh is chaidh a chur gu feum ann an àrdachadh àireamh oifigearan a' phoileis a bhios ri obair-aghaidh.
64. Chaidh a chuid as motha dheth a thoirt gu buil tro ath-sgrùdadh air a' mhodail poileasachaidh aige. Chaidh na seirbheisean poileasachaidh a chuibhreannachadh mar phàirt de dh'ath-sgrùdadh an fhorsa a thoisich ann an 2007. Rinn am prìomh chonstabail is buill a' bhùird soilleir nach rachadh poileas làirsinneach sa choimhearsnachd a lughdachadh na chois. Lughdaich am forsa àireamh luchd-obrach taice a' phoileis le 75 (mu thuaiream 15 sa cheudad), lughdaich e àireamh an luchd-obrach na phrìomh oifisean is cuir e am meud àireamh nan oifigearan poileis. Cha deach stèisean poileis a dhùnadh an cois ath-sgrùdadh an fhorsa. Tha àireamh de stèiseanan aig Poileas a' Chinn a Tuath fhathast far nach eil ann ach aon oifigear ann an sgìrean iomallach 's iad ag obair nan aonar no le taic constabail shònraichte. Tha am bòrd is am prìomh chonstabail a' cumail a-mach gu bheil seo riatanach a chum làithreachd fhollaiseach a' phoileis ann an coimhearsnachdan glè iomallach.
65. Thug ath-structaradh an fhorsa seo comas dha aonad Dion a' Phobaill, aonad NIM is aonad Ro-Ghniomhach a stèidheachadh anns gach prìomh oifis roinn-fheachdail (Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain is Inbhir Ùige). Tha an structar seo nas coltaiche ris na tha aig forsaichean eile ann an Alba 's tha na roinnean-feachd nas tapaidh a-nis a thaobh goireasan poileasachaidh coitcheann is sònraichte agus chuir e an àrde os-sealladh is taic do stiùireadh dìon na cloinne is iarrtasan dìon on phoball cuideachd.

66. Tha deagh mhothachadh aige, mar a tha aig forsaicean eile, do chosgaisean iomlan obair a' phoileis a-rèir nan roinnean-feachd is dreuchdan aige ach tha e doirbh dhaibh cosgaisean de ghnìomhan poileasachaidh sònraichte a chomharradh. 'S ciall dha seo nach eil mothachadh math aig an fhorsa, is gainnead soilleireachd an cois sin, dhan dàimh eadar goireasan a chuirear an sàs, na h-ìrean dèanadais is toraidhean san fharsaingeachd.
67. Chan eil plana ionmhasail aig an fhorsa airson na h-ùine fhada ach bithidh iad a' coimhead air adhart nas fhaide na a' bhliadhna ionmhasail làithreach. Tha na planaichean a' chalpa làithreach airson trì bliadhna (2008/09 gu 2010/11) is planaichean an teachd a-steach airson bliadhna a-mhàin, 2009/10. Rinn am fors a conaltradh leis na h-ùghdarrasan na bhroinn mu mheud a' mhaoineachaidh a gheibh e 's tha e ag aithneachadh gur mathaid nach bi an ìre seo seasmhach. Chuir e sùil air a' chùis ach am faigh e dòigh air a shaoras e ùine is airgead tro èifeachdas is e a' dealbhadh a' bhuidseit aige aig diofar ìrean de chaomhnaidhean èifeachdais gus a bhuidh a lasachadh.
68. Chan eil ro-innleachd air fheadh aig Poileas a' Chinn a Tuath a thaobh stiùireadh nam maoin a tha co-cheangailte ri amasan is prìomhachasan ro-innleachdail. Tha planaichean stiùireadh nam maoin aig an fhorsa airson a cuid seilbheachdan is carbadan. Tha e cha mhòr deiseil le prògram fada 's e ag ùrachadh na stèiseanan poileis aige no a' cur feadhainn ùra nan àite agus mar thoradh air sin, tha oighreachd ann an deagh chor. Tha e na iongnadh ge-tà nach bi iad a' cleachdadh nan aon togalaichean 's a tha buidhnean poblach eile san sgìre a' cleachdadh, can na seirbheisean smàlaidh, leis cho tireil 's a tha cuid mhath dhen sgìre. Tha sinn a' tuigsinn gun do rinn Poileas a' Chinn a Tuath oidhirp gus a' chùis seo a chur air adhart sna bliadhnaichean seo chaidh ach nach robh na buidhnean com-pàirteachais deònach earbsadh às na rudan a chaidh am moladh.
69. Ged a tha àireamh mhòr de chonstabalan sònraichte aig Poileas a' Chinn a Tuath, tha cuingeachaidhean ann air inntigeadh do ghoireasan is fiosrachadh, rud a tha na bhacadh air nach eil feum air èifeachdas. Tha cleachdadh nan constabalan sònraichte na fhuasgladh phragmatach air poileasachadh ann an sgìrean glè iomallach 's iad comasach air ciad fhreagairt a thairgsinn ann an tubaistean no tachartasan mòra 's air fios a leigeil dha na h-oifigearan poileis làn tìde as fhaisge orra. Tha na constabalan sònraichte nam pàirt shònraichte dhe na sgiobannan poileasachaidh anns na coimhearsnachdan nach eil buileach cho iomallach. Faodaidh gum bi an constabal sònraichte anns na stèiseanan le aon oifigear a-mhàin na phrìomh thùs de dh'fhianais no na phrìomh cho-obraiche a dh'obraicheas còmhla ris an oifigear làn tìde. Far nach bi oifigear làn tìde an làthair ann an stèisean poileis, cha bhi inntigeadh aig a' chonstabal sònraichte dhan togalach, do choimpiutairean a' phoileis no fiosrachadh fèin-ullachaidh. A bharrachd air sin, chan eil cead aig a' chuid as motha dhe na constabalan sònraichte gus carbadan a' phoileis a dhraibheadh am broinn Poileas a' Chinn a Tuath. Tha an cuingeachadh seo air inntigeadh do ghoireasan, fiosrachadh is carbadan na bhacadh air goireas luachmhor a' phoileis.
70. Tha pròiseas planadh an luchd-obrach an sàs aig Poileas a' Chinn a Tuath 's cheangail e plana trèanadh an fhorsa ris na prìomhachasan ro-innleachdail aige. Thèid feum air trèanadh a mheasadh is prìomhachasan a chur air a-rèir feum an fhorsa air fad gus an t-iartas seirbheise a choileanadh. Rinn am fors a chaomhnaidhean na bhuidseat trèanadh cuideachd 's e a' cleachdadh dòigh ùr-ghnàthach

airson maoinachadh nan oifigearan a nì an Diploma ann an Stiùireadh is Ceannardas a' Phoileis. Ma shoirbhicheas oileanaich leis an diploma, faodar beachdachadh air an àrdachadh. Dh'atharraich Poileas a' Chinn a Tuath an slat-tomhais a chleachdas e ann an roghnachadh dhaoine airson an diploma 's lughdaich seo cosgaisean an trèanaidh. Gheibh tagraichean àrdachaidh aig nach eil na teisteanasan freagarrach taic a chum cùrsa an diploma 's barantas àrdachaidh ma shoirbhicheas iad leis an diploma. Lughdaich seo àireamh nan tagraichean a gheibh taic airson an diploma air nach bi feum as dèidh sin airson àrdachadh gu dreuchdan bàna ris a bha dùil roimhe.

71. Tha fianais ann gu bheil luchd-obrach an fhorsa misneachail. Chaidh suirbhidhean a dhèanamh air an luchd-obrach, an dà chuid oifigearan a' phoileis is an luchd-obrach taice, gach dàrna bliadhna ach thèid an cumail gach bliadhna a-mach o 2009. Fhuaradh freagairt mhath san t-suirbhidh mu dheireadh, faisg air 70 sa cheudad is cha cùraman mòra ann. Tha an luchd-obrach gu h-àraid misneachail gu bheil dreuchd soilleir aca am broinn an forsa 's trèanadh is taic gu leòr aca a chuidicheas iad nan obair. 'S e ìre a' cho-chomhairleachaidh ro atharrachaidhean obrachail an dragh as motha a chaidh a chur an cèill.
72. Chunnacas beagan fianais gu bheil goireasan luchd-obrach sònraichte gan gluasad eadar na roinnean-feachd a ghnàth mar fhuasgladh air dùbhlann do dh'obair a' phoileis. Dh'fhàs na roinnean-feachd na bu chomasaiche air gluasad de ghoireasan sònraichte o ath-structarach an fhorsa a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid ach bha an t-inntrigeadh caochlaideach eadar na roinnean-feachd. Tha gluasad de dh'oifigearan nuair a bhios fios gu bheil feum orra cumanta gu leòr air an t-ìre mhòr ach chunnacas rè an sgrùdadh gu bheil a' gluasad oifigearan do dh'eileanan an fhorsa nas ainneimhe. Ged a thathar ag aideachadh gu bheil mì-chleachdadh dhrugaichean na dhuilgheadas mòr ann an Sealtainn, chan fhaca sinn fianais gu bheil a' toirt ionnsaigh air a' chùis seo tro phròiseas co-roinneadh saothrach, mar eisimpleir le bhith a' gluasad sgioba ro-ghnìomhach na roinne-feachd dha na h-eileanan.

Co-Ionnanachd

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Gheibh am bòrd aithisgean adhartais cunbhalach o sgeamannan co-ionnanachd achdail an fhorsa 's tha riochdachadh aig air Buidheann air Adhartas Iomadachd an fhorsa. Ge-tà, chan eil cùisean co-ionnanachd is iomadachd air a chur an sàs gu tur na obair fhathast.

73. Dhealbhaich am bòrd sgeamannan co-ionnanachd achdail airson cinneadh, gnè is ciorramachd agus dh'fhoillsich e aithisgean adhartais bliadhnail airson gach aon dhe na trì sgeamannan aig a bheil taic o na planaichean ghnìomhachdan. Gheibhear a h-uile foillseachadh seo air làrach-lìn a' bhùird. Gheibh am bòrd naidheachdan air na sgeamannan co-ionnanachd aig Poileas a' Chinn a Tuath gu cunbhalach rè na bliadhna ach chan eil càil am follais a chuireadh nar sùil gun tèid an sgrùdadh a ghnàth le buill a' bhùird.
74. Tha triùir dhen bhòrd air a' Bhuidheann air Adhartas Iomadachd aig an fhorsa, a' gabhail a-steach a' chathraiche is an iar-chathraiche. Tha an cuid com-pàirteachais sa bhuidheann ri leasachadh fhathast ach tha seo na dheagh shuidheachadh dhaibh gus com-pàirteachas a' bhùird ann an cùisean co-

ionnannachd a neartachadh. Ge-tà, chan eil buill eile a' bhùird ach ri com-pàirteachais beag ann an cùisean co-ionnannachd is iomadachd. Thug Poileas a' Chinn a Tuath is Comhairle na Gàidhealtachd seachad trèanadh ann an co-ionnannachd còmhla sa Ghiblean 2009 ach cha do gabh ach an dàrna leth dhe na buill pàirt san trèanadh seo.

Poileas a' Chinn a Tuath

Thathar a' toirt aire gu leòr do chùisean co-ionnannachd a ghnàth ann an sgìrean Poileas a' Chinn a Tuath air tìr-mòr ach chan eil seo air a thoirt gu buil cho math ann an sgìrean ùghdarras nan eilean.

75. Tha Poileas a' Chinn a Tuath a' dèiligeadh ri cùisean co-ionnannachd air dòigh reusanta mhath san aonad chorpóra. Tha e a' sgrìobhadh sgeama co-ionnannachd singilte an-dràsta a bheir còmhla na sgeamannan air cinneadh, gnè is ciorramachd a tha ann an-dràsta 's cuiridh e ris treòrachadh a bharrachd air cùisean mar aois, aidmheil cleamhnais, dearbh aithne gnè is creideamh. Cho-obrach Poileas a' Chinn a Tuath leis na com-pàirtichean aige air a' Ghàidhealtachd gus co-ionnannachd is iomadachd a bhrosnachadh leis an iomairt "Hate Free Highlands" aig a bheil inneal leis an urrainnear cunntas a thoirt air an lìon. Tha planaichean ann gus a leudachadh do dh'ùghdarrasan nan eilean ach cha robh sin an sàs fhathast aig àm an sgrùdaidh.
76. Tha am prìomh chonstabal na chathraiche air an raon ghnòthaich air co-ionnannachd is iomadachd airson Comann Prìomh Oifigearan a' Phoileis ann an Alba (ACPOS) a bhrosnaicheas is a bheir taic do cho-ionnannachd is iomadachd am broinn gnòthaichean an fhorsa. Rinn am forsa saothair gus buidhnean a ruigsinn nach eil furasta ri ruigsinn. Tha fianais ann air caidreamh brosnachail le raon farsaing de bhuidhnean iomadachd aig an ìre ro-innleachdail. Chan robh sin cho follaiseach taobh a-muigh sgìre ùghdarras na Gàidhealtachd, le riochdachadh is caidreamh beag o luchd-riochdachaidh nam meanbh shluagh à ùghdarrasan nan eileanan.
77. Tha ceannardas soilleir is fòcas ro-innleachdail ann air co-ionnannachd is iomadachd ach nas lugha air measadh buaidh nam poileasaidhean is gnìomhan. Tha oifigear iomadachd an fhorsa a' brosnachadh deagh chleachdadh am measg comhairlean CPC na bhroinn. Nì am forsa coimeas eadar e fhèin is forsaichean eile tro chlàr-amais co-ionnannachd san àite-obrach aig Stonewall is cruinnichidh e dàta marasglaidh air co-ionnannachd thairis air na cuspairean iomadachd. Tha am fiosrachadh seo ga mharasgladh is ath-sgrùdadh leis a' bhuidheann air adhartas iomadachd. Tha am forsa air a bhith slaodadh le adhartas nam measaidhean air buaidh co-ionnannachd is air sgàth sin, chan urrainn dha a bhith cinnteach nach eil droch bhuidhean aig poileasaidhean no gnìomhachd poileasachaidh air an luchd-obrach is na coimhearsnachdan.
78. Ged a tha raon iomadach de chom-pàirtichean ann am Buidheann Comhairleachaidh na Coimhearsnachd, feumar barrachd a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun èistear ri guthan nan coimhearsnachdan a tha doirbh ri ruigsinn ann an sgìrean ùghdarrasan nan eilean. Chuir Poileas a' Chinn a Tuath structar foirmeil air caidreamh coimhearsnachd le diofar buidhnean co-ionnannachd san Lùnastal 2008 le stèidheachadh de Bhuidheann Comhairleachaidh na Coimhearsnachd ro-innleachdail (CAG). Tha riochdachadh farsaing air a' bhuidheann seo o bhuidhnean creideimh, LGBT is thar-ghnèitheach, òganach, cinnidheachd is ciorramachd. Tha a' chuid as motha dhen

riochdachadh à sgìre Comhairle na Gàidhealtachd is chan eil ach beagan riochdachaidh ann o na coimhearsnachdan à ùghdarrasan nan eilean.

Seasmhachd

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Ged nach eilear a' beachdachadh mòran air cùisean na h-àrainneachd gu sònraichte, bidh buill a' bhùird a' beachdachadh air cùisean san fharsaingeachd a thaobh seasmhachd na coimhearsnachdan, gu h-àraid ann an sgìrean tìreil.

79. Cha deach mòran a dheasbad a dhèanamh air seasmhachd àrainneachdail aig coinneamhan a' bhùird ged a bhios buill a' bhùird a' beachdachadh air cùisean san fharsaingeachd a thaobh seasmhachd eaconamach is shòisealta nan coimhearsnachdan. 'S e ath-structaradh an fhorsa aon dhe na prìomh phuingean a thàinig à ath-sgrùdadh an fhorsa a rinneadh o chionn ghoirid ach chaidh a dhèanamh cinnteach le taic buill a' bhùird gum bi cothromachadh ann eadar am feum air brosnachadh eaconamachd is seasmhachd obair a' phoileis ann an sgìrean gu math tìreil is iomallach.

Poileas a' Chinn a Tuath

Tha am forsa a' leasachadh dòigh-dhèiligidh nas iomlaine a thaobh seasmhachd. Chum e comhairleachadh mu bhuidh nan atharrachaidhean air dreuchdan poileis ann an sgìrean iomallach a chaidh a mholadh. Ged a thoisich cuid dhen obair, chan eil dòigh-obrach aig an fhorsa a' dhèiligeas ris a h-uile cuspair seasmhachd.

80. Tha deagh thuigse aig a' bhòrd air seasmhachd shòisealta is seasmhachd na seirbheise. Rinn e co-chomhairleachadh mòr rè ath-sgrùdadh an fhorsa nuair a bhathar a' cnuasachadh air dreuchdan a thoirt air falbh o choimhearsnachdan iomallach. Tha dealas làidir ann do ghlèidheadh obair fhollaiseach a' phoileis sa choimhearsnachd ann an sgìrean iomallach. Ghlèidh am forsa na stèiseanan le aon oifigear, agus chuir e maoin eachadh ann, gus bun-structar poileasachaidh a chumail sna sgìrean iomallach seo. Tha am forsa a' fastadh 's a' cumail constabalan sònraichte gus am bi cuideigin ann ris an urrainnear bruidhinn is inntinn nan coimhearsnachdan a chur aig fois agus a bharrachd air sin, mar chiad fhreagairt nuair a thachras càil.

81. Chuir am forsa maoin mhòr ann am bun-structar ùr is freagarrach a chum a chrìochan. Tha togalaichean an fhorsa ùr is air an deagh chumail mar is trice. Gheibh na togalaichean ùra buannachdan o chòmhdadh-blàthachaidh ùr-nòsach agus tha gineadairean cumhachd ath-ùrachaidh aig an fheadhainn as ùire. Thèid coinneamhan a chumail mar choinneamhan-lìn far an gabh seo a dhèanamh, seach iarraidh air daoine siubhal. Tha am forsa ri iomairt sgeama nam bolgan-solais mar bhrosnachadh dhan luchd-obrach gus èifeachdasan a lorg, rud a dh'adhbharaicheas caomhnaidhean ionmhasail. Tha targaid a' chaomhnaidh ionmhasail soilleir air feadh an fhorsa ach cha robh targaidean soilleir ann a thaobh caitheamh cumhachd is sgaoileadh carboin airson togalaichean, roinnean-feachd no sgìrean seirbheise. Tha cothrom aig an fhorsa piseach a chur air an dòigh air a dhèiligeas e ri seasmhachd.

Measadh Dèanadas Poileas a'

Chinn a Tuath

A' libhrigeadh toraidhean a' phlana poileasachaidh

Tha plana poileasachaidh an fhorsa a' cur prìomhachas air amasan is tha e mothachail an dà chuid do chudromachd adhbharan nàiseanta agus obair a' phoileis sa choimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha ire de leantaileachd ann am prìomhachasan na buidhne a chaidh a chomharradh sa phlana 's na dearbh phrìomhachasan sa phlana fad iomadh bliadhna. Cha tug am forsa dàta dhan SPPF air riarachadh a' phobaill is ùine nam freagairt-èiginn a tha nam prìomh chuspairean is tha e doirbh mar sin coimeas a dhèanamh ri forsaichean eile a' phoileis ann an Alba. Chaidh aig an fhorsa air àireamhan de dh'eucoirean a chaidh a chlàrachadh isleachadh is tha na rèitichean fuasglaidh math fhathast.

82. 'S e libhrigeadh de thoraidhean cruaidh airson na coimhearsnachd far a bheil e an t-slat-tomhais as bunaitiche ann am measadh soirbheachais. Thèid na CAA a chleachdadh mar aon dhe na prìomh thùsan de dh'fhianais air dèanadas forsa. Chan fhada on a thoisichear air dealbhadh nan CAA 's mar sin chan urrainn dhuinn measadh iomlan a dhèanamh air dè cho soirbheachail 's a tha iad. Air sgàth sin, bheachdaich sinn air an adhartas a nì Poileas a' Chinn a Tuath le coimeas eadar dèanadais seirbheise is na h-amasan ro-innleachdail aige airson 2008/09.

83. Tha prìomhachasan ro-innleachdail an fhorsa gam mìneachadh ann am plana bliadhnail a' phoileasachaidh agus cha tàinig atharrachadh orra on a chaidh plana 2007-2008 fhoillseachadh. Seo na còig prìomhachasan ro-innleachdail:

- A' brosnachadh rathaidean nas tèarainte
- Ag isleachadh eucoir
- A' toirt ionnsaigh air droch eucoir
- A' togail coimhearsnachdan nas làidire is nas tèarainte
- A' cumail an òrduigh phoblaich.

Chaidh dà amas neo-obrachail a chur ris a' phlana a-mach 2009/10;

- Ag ùrachadh ar seirbheisean
- A' leasachadh ar daoine 's a bhith nar fastaiche tarraingeach.

84. Tha grunn bheàrnann anns an fhiosrachadh air marasgladh dèanadais a tha ri fhaighinn. Cha do sholar Poileas a' Chinn a Tuath am fiosrachadh gu lèir no an seachas co-theacsail air a bheil feum thairis air an dà bhliadhna a chaidh 's e na phàirt de SPPF nàiseanta. Tha na beàrnann seo a' gabhail a-steach prìomh chùisean mar riarachadh a' phobaill is amannan freagairt-èiginn. Tha e doirbh coimeas a dhèanamh eadar dèanadas Poileas a' Chinn a Tuath 's forsaichean poileis eile leis a' ghainnead seo de dh'aithrisean iomlan anns gach sgìre an SPPF. A dh'aindeoin nam beàrnann seo, gabhaidh measadh a dhèanamh air adhartas an fhorsa a thaobh nam prìomhachasan ro-innleachdail aige ma cuirear sùil air treandaichean bliadhnail a dhèanadais.


Amas 1 - rathaidean nas tèarainte

Chaidh aig an fhorsa àireamh nan daoine a chaidh a mharbhadh no leònadh gu dona ann an tubaistean rathaid lughdachadh gu mòr tro cho-obrachadh le chom-pàirtichean, ged nach deach aca air àireamh nan draibhearair air mhìsg a chaidh a thoirt gu cùirt a chur am meud.

85. Chaidh 412 dhuine a mharbhadh no a leònadh gu dona sa chuibheas bliadhna am broinn sgìre Poileas a' Chinn a Tuath eadar 1994 is 1998. Bha an àireamh seo air tuiteam gu 179 ann an 2008-2009, fada na b' ìsle na targaid an fhorsa de lughdachadh a 40 sa cheudad (faic Clàr 4). Chaidh lughdachadh coltach ris a chlàrachadh airson àireamhan de chlann a chaidh a mharbhadh no a leònadh gu dona 's cuibheas bliadhna 1994-1998 de 46 air tuiteam gu sìanar ann an 2008-2009.
86. 'S e na tubaistean rathaid a-mhàin a dh'fhan aig ìre gu math rèidh thairis air na trì bliadhna seo chaidh, le àireamh nan daoine a chaidh a mharbhadh dhen dearbh chuibheas 's a tha forsaichean eile a' clàradh ann an Alba.

Clàr 4

Daoine air a mharbhadh is air a leònadh gu dona air an rathad



Tùs: HMICS is Audit Scotland

87. Ged a chaidh leis àireamh nan daoine a chaidh a mharbh a lughdachadh, cha deach a thaobh dhraibhearair air mhìsg is air dhruaga. Ged a rinneadh oidhirp gus àireamh nan ciontach a chaidh a thoirt gu cùirt a chur am meud le còig sa cheudad airson draibheadh air mhìsg is air dhruaga, thuit àireamh nan cionta a lorgadh le ochd sa cheudad ann an 2008-2009 an coimeas ris a' bhliadhna roimhe. Ann an àireamhan slàna, 's e seo lughdachadh de chiontan draibhidh air mhìsg a chaidh a chlàradh o 863 ann an 2007-2008 gu dìreach 796 rè 2008-2009.

88. Gu h-iomlan, chaidh àireamh de chiontan le carbad motair a chlàraich Poileas a' Chinn a Tuath an àirde le 11 sa cheudad an coimeas ris a' bhliadhna roimhe ann an 2008-09. Thachair seo air sgàth àrdachadh mòr de chiontan astair (23 sa cheudad) a thathar a' fàgail air dòigh ùr anns am bi oifigearan gan sgaoileadh a-rèir fiosrachaidh 's a chaidh a thoirt a-steach san Fhaoilleach 2009 leis an Northern Safety Camera Partnership. Tha an dòigh ùr seo a' cleachdadh dàta o shuirbhidhean astair is co-bhualaidhean gus an urrainnear amas air carbadan a tha a' draibheadh ro luath no aig astar mì-cheart aig no faisg air àitichean far an do thachair co-bhualaidhean dona roimhe.

Amas 2 - ìsleachadh eucoir

Cha do choilean am forsa a' chuid a bu mhotha dhe na targaidean ìsleachadh eucorach aige fhèin an-uraidh, le àrdachadh de 1.5 sa cheudad de dh'eucoirean ann am Buidheann 1 gu 4 (eucoirean ainneirt, mì-chuibheasachd, eas-onair, cur teine is giùlan le cion-umhail). Cha robh am forsa soirbheachail ach le targaid Buidhinn 4 's chaidh eucoir sìos ann.

89. Bha luasgadh mòr ann an àireamhan eucorach ann am Buidheann 1-4 thairis bliadhna an dèidh bliadhna. Chaidh àireamhan de dh'eucoir chlàraichte an fhorsa an àirde gu mòr anns an trì bliadhna eadar 2006-2007 is 2008-2009, le lasachadh na dhèidh ach nach do lean air. Leis a' ghainnead de dh'fhiosrachadh co-theacsail a thug am forsa dhan SPPF, tha e doirbh a ràdh dè dh'adhbharaich an luasgadh seo. Ged a tha an dàta air eucoir chlàraichte ann an 2009-2010 taobh a-muigh sgòp an sgrùdaidh seo, tha e brosnachail fhaicinn gu bheil eucoir a' lughdachadh anns na ceithir buidhnean a-rèir coltais.
90. Tha eucoir sa Bhuidheann 1 (eucoir ainneirt) a' sealltainn àrdachadh nan ciontan clàraichte, gu ìre air sgàth ciontan co-cheangailte ri deoch-làidir ann an gnothachas na h-oidhche is gu ìre air sgàth clàradh nas àirde de chiontan an aghaidh cloinne an cois leudachadh *Getting It Right For Every Child* ("GIRFEC").¹ Chaidh eucoir sa Bhuidheann 1 an àirde le 5.8 sa cheudad an coimeas ris a' bhliadhna roimhe ann an 2008-2009. Tha seo a' gabhail a-steach àrdachadh de dh'ionnsaigh chruaidh, maoidheadh is sracadh, eu-tròcair, làimhseachadh mì-nàdarra de chlann is seilbheachd airm-loisgidh. Bha a' chuid a bu mhotha nan ionnsaighean cruaidhe co-cheangailte ri gnothachas na h-oidhche. Tha maoidheadh is sracadh co-cheangailte ri aimhreit an teaghlaich no na coimhearsnachd mar is trice 's chan ann ri droch-eucoir no eucoir air eagraichte. Tha àrdachadh nan eucoir an aghaidh na cloinne na chomharradh air mothachadh nas fhearr a' phobaill dha is co-roinneadh fiosrachaidh nas fhearr eadar com-pàirtichean leudachadh "GIRFEC". Tha a' mhòrchuid de dh'eucoirean nan arm-teine co-cheangailte ri maoidheadh le airm-theine fhuadain no tachartasan far an deach arm-teine a loisgeadh le ciontach aig a' cheann thall.
91. Chan eil gleus clàraidh aig Poileas a' Chinn a Tuath aig an àm seo, coltach ri forsaichean eile, eadar ciontan a tha eachdraidheil nan nàdar is feadhainn a chaidh a dhèanamh san ùine aithris. Mar eisimpleir, tha àireamh de chiontan drabasdach is drùiseil air àrdachadh le 34 sa cheudad a-mach o


¹ Riaghaltas na h-Alba – A Guide to Getting it right for every child, an t-Sultain 2008 <http://www.scotland.gov.uk/gettingitright>

2007-08 a-rèir coltais. 'S ann air sgàth an aithrisidh cùl-radharcaich a tha seo agus grunn eucoirean eachdraidheil a chaidh an lorg ach a chaidh a dèanamh sna bliadhnaichean roimhe. Mar sin, 's ann air sgàth obair poileis a bharrachd ann an dìon na cloinne is an teaghlaich a thachair an t-àrdachadh mas-fhìor seo agus chan ann air sgàth tuilleadh eucoirean.

92. Chlàraich am forsa rèit fuasglaidh de 63 sa cheudad airson na h-uile eucoir rè 2008-2009, an dàrna àireamh as àirde ann an Alba. Tha an àireamh seo nas àirde na cuibheas nan rèitichean fuasglaidh a chlàraich na forsaichean air fad ann an Alba (Clàr 5). Gu dearbh, tha rèitichean fuasglaidh gu math eadar-dhealaichte ann an Alba, tro bhuaidh rudan mar cuibhreann de dh'eucoirean clàraichte, cleachdadh Bun-Tomhas Clàrachadh Eucoir na h-Alba, cruinn-eòlas is slugh-eòlas. Tha nàdar tireil na sgìre na bhuannachd do Phoileas a' Chinn a Tuath gun teagamh 's rèitichean fuasglaidh nas àirde anns a leithid seo de dh'àite a ghnàth, seach ann am bailtean.

Clàr 5

Rèitichean fuasglaidh, Buidheann 1-4



Legend: Central: Meadhan; Northern: Tuath;
 D & G: D ᵀ G; Strathclyde: S Chluaidh;
 Fife: Fìobha; Tayside: T Tatha;
 Grampian: Monadh Liath; Scotland: Alba
 L & B: L ᵀ C;

Tùs: HMICS


Amas 3 - Ionnsaigh air eucoir chruaidh

Tha àireamh nan ciontan dhrugaichean a chaidh a lorg na chomharradh air ro-ghnìomhachd forsa. Dh'fhàs àireamh nan ciontan a chaidh a lorg le Poileas a' Chinn a Tuath airson drugaichean de Chlas A, ged a lughdaich meud nan drugaichean a chaidh a ghlacadh. A dh'aindeoin àrdachadh o chionn ghoirid, tha treand na h-eucorach ainneartach a' lughdachadh. Leis an taghadh cumhang de thargaidean a chleachdas am forsa airson measadh a dhèanadais a thaobh ionnsaigh a thoirt air eucoir chruaidh, tha e doirbh measadh iomlan a dhèanamh air a' cheist seo.

93. Le nàdar cuingichte nan tomhas a thagh Poileas a' Chinn a Tuath, tha e doirbh làn mheasadh a dhèanamh air dèanadas san raon seo. Tha am forsa a' cur cudrom air amasan dèanadais air ciontan dhruagaichean dhen Chlas A is eucoirean cruaidh is ainneartach san raon seo. Bu chòir dha beachdachadh air tomhasan dèanadais eile gus am faighear dealbh nas iomlaine air toraidhean gnìomhachd a' phoileis san raon phrìomhachais seo.
94. Chlàraich am forsa àrdachadh ann an ciontan dhruagaichean dhen Chlas A rè 2008-2009 ach thuit meud nan drugaichean a chaidh a ghlacadh on bhliadhna roimhe (Clàr 6). Tha seo na chomharradh air deagh adhartas le glacadh nas fhèarr airson solar is seilbheachd le dùil solair de dhruagaichean fo smachd. Ged a thuit meud nan drugaichean a chaidh a ghlacadh, feumar toirt an aire gun deach meud glè mhòr de dhruagaichean a ghlacadh ann an 2007-2008 is bhiodh e doirbh an àireamh seo a chur am meud fhathast. Tha ionnsaigh air solar nan drugaichean dhen Chlas A na phrìomhachas air feadh na h-Alba a chionn 's gum bi e na chomharradh de bhuidhnean eucoireach eagraichte san sgìre. Chaidh a chomas air gnìomhachd ro-ghnìomhach a chur am meud gu mòr - as dèidh ath-structarach na roinne-feachd an cois ath-sgrùdadh an fhorsa - is chaidh cudrom a chur air ionnsaigh a thoirt air solar de dhruagaichean fo smachd.

Clàr 6

Poileas a' Chinn a Tuath - glacadh dhruagaichean dhen Chlas A (gramaichean)



Tùs: HMICS

95. Chaidh àireamh an ciontan fìor ainneartach clàraichte ann an sgìre an fhorsa an àirde. Ge-tà, tha an treand a' dol sìos fhathast thairis air trì bliadhna le 20 sa cheudad nas lugha de chiontan air a chlàrachadh ann an 2008-2009 an coimeas ri 2006-2007. Dh'fhan rèitichean fuasglaidh airson a leithid seo de chionta àrd agus bha iad aig 90.8 sa cheudad ann an 2008-2009. Mar sin, chaidh leis an fhorsa air an targaid aige a choileanadh, a dh'aindeoin 's gur e tuiteam de 2.4 sa cheudad a tha ann an da-rìreadh an coimeas ris a' bhliadhna roimhe.

Amas 4 - coimhearsnachdan nas tèarainte is nas làidire

Chan eil am forsa a' coileanadh nan targaidean aige airson na h-ùine a bheir e gus aithisgean a chur gu Aithrisiche na Cloinne no Procadair a' Chrùin agus 's esan an dàrna forsa as miosa ann an Alba anns an dà rud. Tha suirbhidhean air beachdan a' phobaill a' toirt nar sùil gu do dh'fhàs eagal ro eucoir is giùlan neo-shòisealta am measg muinntir a' Chinn a Tuath agus aig an aon àm, dh'fhàs riarachas le follaiseachd is bun-tomhas seirbheis a' phoileis.

96. Chuir Poileas a' Chinn a Tuath piseach air an ùine a bheir e gus aithisg a chur do phrocadair a' chrùin thairis air na trì bliadhna a dh'fhalbh, le 80 sa cheudad a' coileanadh na targaide nàiseanta de 28 làithean. Ged a thathar ag aideachadh gur e piseach a tha seo, feumar cuimhneachadh gur e seo an dàrna ceudad as ìsle aig forsa sam bith ann an Alba 's gu bheil e fad air dheireadh air an rèit is àirde de 95.8 sa cheudad.
97. Thuit àireamh nan aithisgean do dh'Aithrisiche na Cloinne a bha ri tide le ceithir sa cheudad an coimeas ris a' bhliadhna roimhe ann an 2008-2009 's tha e aig 77.5 sa cheudad a-nis. 'S e seo an dàrna ceudad as ìsle am measg nam forsaichean uile ann an Alba 's fada nas ìsle na an rèit as motha de 95.9 sa cheudad.
98. Tha lughdachadh neo-làithreachd tinneis am measg targaidean an fhorsa airson coimhearsnachdan nas tèarainte is làidire. Bha rèitichean neo-làithreachd an fhorsa am measg na feadhainn a b' àirde ann an Alba ann an 2006/07 ach bha iad a' sìor dhol an lughad thairis air na trì bliadhna a dh'fhalbh. A thaobh obrach a rinn an CIPD² o chionn ghoirid, tha rèit neo-làithreachd luchd-obrach Poileas a' Chinn a Tuath mar a bhiodh dùil ris ann am forsa Albannach d' a mhead ach tha neo-làithreachd nan oifigearan poileis nas motha na bhiodh dùil. Dh'fhoillsich HMICS sgrùdadh nàiseanta o chionn ghoirid air stiùireadh làithreachd³ a dh'fhaodadh a bhith cuideachail dhan fhorsa a thaobh barrachd treòrachaidh is gus a chuideachadh an t-adhartas a rinn iad a ghlèidheadh.
99. Thug ath-sgrùdadh an fhorsa comas do cheannardan a' phoileis oifigearan poileis a bharrachd a chur air cuairtean glè fhollaiseach ach a dh'aindeoin sin, cha do lughdaich an t-eagal ro eucoir is giùlan mì-shòisealta am measg na coimhearsnachd ach dh'èirich e. A dh'aindeoin gainnead de dhàta air riarachas poblach aig an fhorsa anns an SPPF, tha sgrùdadh de shuirbhidhean air beachdan a' phobaill a' sealltainn gu bheil riarachas le follaiseachd is bun-tomhasan seirbheis a' phoileis am measg muinntir a' Chinn a Tuath air èirigh. Bu chòir dhan fhorsa dèiligeadh ris a' bheàrn eadar an dà rud mus lagaich deagh bhuidh ath-sgrùdadh an fhorsa.

² CIPD Absence Management Annual Survey Report 2009 (Aithisg CIPD air Suirbhidh Stiùireadh na Neo-Làithreachd 2009)

³ HMICS thematic report on attendance management 2010 (Aithisg chuspaireach HMICS air stiùireadh làithreachd 2010)

Amas 5 - cumail an òrduigh phoblaich

Tha an dàrna àireamh as ìsle de thachartasan gràin-chinnidh ann an Alba aig Poileas a' Chinn a Tuath agus an rèit fuasglaidh as àirde de dh'eucoir air sgàth gràin-chinnidh. Rinn a adhartas a dh'ionnsaigh na targaid nàiseanta gus 90 sa cheudad de ghlaodhan 999 a fhreagairt am broinn deich diogan ach 's e seo an aon fhorsa ann an Alba nach do shoirbhich le seo.


100. Soirbhich am forsa le àrdachadh de 8 sa cheudad de dh'eucoirean air sgàth gràin-chinnidh a chaidh a lorg rè 2008-2009. Ged a tha an àireamh seo de 84 sa cheudad na chomharradh air adhartas leis a' chùis seo, tha e fon targaid dhùbhlach de 90% a thagh am forsa dha fhèin. Ge-tà, tha an rèit fuasglaidh as àirde ann an Alba aig an fhorsa a thaobh eucoirean d' a leithid.

101. Ged nach robh am forsa a bheag a-mach air an targaid aige de ghlèidheadh 'àireamh de thachartasan gràin-chinnidh ann am 1,000 de shluagh', 0.4 aig deireadh 2008/09, faodaidh gu bheil an àireamh de 0.5 ann am mìle de shluagh na chomharradh air earbsa nas àirde am measg na coimhearsnachd 's iad a' dèanamh aithris dhan phoileas mu thachartasan mar seo.

102. 'S e Poileas a' Chinn a Tuath an aon fhorsa ann an Alba nach robh comasach air 90 sa cheudad de ghlaodhan 999 a fhreagairt am broinn deich diogan, an targaid nàiseanta (Clàr 7). Chaidh 86.8 sa cheudad de ghlaodhan èiginn a fhreagairt am broinn na h-ùine seo rè 2008-2009, àrdachadh de 16.7 sa cheudad o 2006-2007. A dh'aindeoin an treand bhrosnachail seo thairis air na trì bliadhna a dh'fhalbh, tha an dèanadas as miosa ann an Alba aig an fhorsa seo fhathast san raon seo. 'S e seo suidheachadh a ghabhas leasachadh gun teagamh sam bith 's bu chòir dhan fhorsa dèiligeadh ris.

Clàr 7

Cuibhreann de ghlaodhan 999 a chaidh a fhreagairt am broinn 10 diogan



Legend:

Central: Meadhan;
D & G: D ᵀ G;
Fife: Fìobha;
Grampian: Monadh Liath;
L & B: L ᵀ C;

Northern: Tuath;
Strathclyde: S Chluaidh;
Tayside: T Tatha;
Scotland: Alba

Aire: Chan eil dàta ri fhaighinn airson a' Mhonaidh Liath 2006/07.

Tùs: HMICS

Molaidhean leasachaidh

Am prògram leasachaidh

103. Tha sìor leasachadh ann an seirbheisean poblach is riaghlachas ionadail ann an teis mheadhain a' bheirt-dheilbh phoileasaidh airson deagh luach is planadh na coimhearsnachd. Feumaidh buill a' bhùird fòcas a chur air prìomh amasan poileasaidh agus feum luchd-cleachdaidh na seirbheise is nan coimhearsnachdan is iad a' dèanamh spàirn gus an ìre as àirde de bhun-tomhas a lorg. Feumaidh seo cultar far am bithear a' comharradh rudan a tha feumach air leasachadh, far an tèid an deasbad gu fosgailte 's far a bheilear a' toirt dùbhlain dhealbhadh do dhèanadas seirbheise.
104. Tha fios aig Poileas a' Chinn a Tuath is aig a' Cho-Bhòrd dè na prìomh chùisean a tha feumach air leasachadh agus tha iad a' toirt aghaidh orra.
105. Gus seirbheis poileas deagh luach a sholar do choimhearsnachdan na Gàidhealtachd, nan Eilean, Arcaibh is Sealtainn, feumaidh Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath, Poileas a' Chinn a Tuath agus am prìomh chonstabal obair còmhla agus an t-uallach a roinneadh eatarra. Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh nam prìomh rudan a dh'fheumas am forsa 's am bòrd leasachadh.

Clàr-gnothaich leasachaidh

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

1. Bu chòir dhaibh prògram trèanaidh leantainneach air cùisean a' phoileis a dhealbhadh airson buill a' bhùird.
2. Bu chòir do bhuill a' bhùird a bhith nas ro-ghnìomhaiche ann an sònrachadh raon is susbaint nan aithisgean a chur oifigearan a-steach. Gu h-àraid, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gum faigh iad gu leòr a dh'fhiosrachadh a bheir comas dhaibh measadh iomlan a dhèanamh air adhartas an fhorsa a thaobh nam prìomh thargaidean ro-innleachdail.
3. Bu chòir do bhuill a' bhùird sgrùdadh nas ro-ghnìomhaiche a dhèanamh air cleachdadh nan goireasan le Poileas a' Chinn a Tuath, ga chuideachadh gus dreuchd nas làidire a ghabhail ann an stiùireadh leasachaidh agus comharradh is prìomhachasadh de ghnìomhan sgrùdaidh.
4. Bu chòir dhan bhòrd is dhan phrìomh chonstabal ath-sgrùdadh a dhèanamh air an aithisg dèanadais bhliadhnail phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheil e ag aithris air dèanadas a' bhùird agus dèanadas an fhorsa.
5. Bu chòir do bhuill a' bhùird a bhith nas gnìomhaiche ann am marasgladh cunbhalach de chunnartan ro-innleachdail is na nì oifigearan gus na cunnartan seo a lasachadh.

Poileas a' Chinn a Tuath

1. Bu chòir dhan fhorsa Plana Poileasachadh an Fhorsa is Ro-Innleachd Smachd an Fhorsa amalachadh gus an stiùireadh corporra agus sgaoileadh nam prìomhachasan a neartachadh.
2. Bu chòir dhan fhorsa na leanas a dhèanamh gus piseach a thoirt air marasgladh is aithriseadh an dèanadais aige:
 - Marasgladh is aithris a dhèanamh air gnìomhan bacaidh, fiosrachaidh is èigneachaidh a tha gam brosnachadh le Ro-Innleachd Smachd an Fhorsa.
 - Aithisgean iomlan air dèanadas a thoirt do cho-bhòrd a' phoileis.
 - Fiosrachadh iomlan air dèanadas a chur ri làimh a' phobail air làrach-lìn an fhorsa.
 - Na h-aithisgean marasglaidh air dèanadas a cho-rèiteachadh leis na h-amasan ro-innleachdail.
3. Bu chòir dhan fhorsa an aithisg aige a leudachadh gu Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath mun adhartas a thathar ga dhèanamh an coimeas ris na molaidhean a rinn buidhnean sgrùdaidh on taobh a-muigh. Bu chòir dha adhbharan nan co-dhùnaidhean a rinn am forsa a mhìneachadh ann.
4. Bu chòir dhan fhorsa aontachadh gu foirmeil ri protocalan co-roinneadh fiosrachaidh leis a chuid chom-pàirtichean a bharrachd air structar nan CPC.
5. Bu chòir dhan fhorsa cudrom a chur air leasachadh dèanadais sna raointean seo leanas:
 - Fòcas air coileanadh nan targaidean nàiseanta is aontaichte a thaobh cur a-steach nan aithisgean do Phrocadair a' Chrùin is Aithrisiche na Cloinne.
 - Sìor spàirn gus an ruig e targaidean nàiseanta ann an làimhseachadh nan glaodhan èiginn.

Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath, ùghdarrasan a' phoileis (na comhairlean na bhroinn) is Poileas a' Chinn a Tuath

1. Obair còmhla ri chèile gus comasan a' bhùird a neartachadh gun urrainn dha dùbhlán is sgrùdadh neo-eisimeileach a thoirt seachad.

2. Bu chòir do Cho-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath obair còmhla ris na ceithir comhairlean na bhroinn gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na dearbh dhòighean a chum aithris a dhèanamh dha na buill thaghte air gnìomhan is dèanadas Poileas a' Chinn a Tuath.

Leasachan 1

Na thathar an dùil ris o ùghdarrasan a' phoileis

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba dà phrìomh thùs de threòrachadh air dreuchd nam ball taghte is ùghdarrasan a' phoileis:

- Cuairt-litir 11/2003, *Implementing Best Value In The Scottish Police Service*, air fhoillseachadh san Dùbhlachd 2003.
- *Guidance to Members*, air fhoillseachadh san Ògmhios 2007.

Tha an dà sgrìobhainn seo a' cur an cèill sia prìomh cuspairean gnothaich còmhla airson ùghdarrasan a' phoileis is an cuid bhall:

- Feumaidh ùghdarrasan a' phoileis tòrachd a dhèanamh air deagh luach còmhla ris na prìomh chonstabilan aig a bhios uallach airson obrachadh a' phoileis nan sgìrean. Bu chòir do bhuill ùghdarrasan a' phoileis co-uallach a ghabhail airson nam planaichean mu dheagh luach is dreuchdan eile san fhorsa agus obair còmhla ris a' phrìomh chonstabil gu dèanamh cinnteach gun tèid a dhèanamh gu èifeachdach.
- Airson deagh luach, feumaidh na buill thaghte is seann mhanaidsearan lèirsinn a dhealbhadh mun dòigh air a chuireas deagh luach ri amasan corporra nan ùghdarrasan gu math, mar a stiùiricheas iad leasachadh nan seirbheisean is mar a chumar fiosrachadh ris an luchd-obrach.
- Tha dùil gun seall ùghdarrasan a' phoileis gu bheil iad a' freagairt ri feum a' phobaill is an luchd-ùidhe eile. Bu chòir do bhuidh a bhith aig tuigse an fheum seo air planaichean, prìomhachasan is gnìomhan. Nì ùghdarrasan a' phoileis glè shoilleir gu poblach mar a dh'obraicheas iad còmhla ris na prìomh chonstabilan air libhrigeadh deagh luach is mar a thèid aithris a dhèanamh air. Tha dreuchd sònraichte aca ann an dèanamh cinnteach gum bi co-chomhairleachadh leis a' phoball air ceistean poileasachaidh èifeachdach.
- Feumaidh gach ùghdarras cur roimhe fhèin mar a choileanas iad na dreuchdan seo. Ge-tà, faodaidh ùghdarrasan a' phoileis cur ri plana bliadhnail a' phrìomh chonstabail is aonta a chur ris.
- Bu chòir do bhuill ùghdarrasan a' phoileis sealltainn gu bheil iad a' cur goireasan poblach gu feum cho èifeachdach 's a ghabhas agus gu bheil iad a' dèiligeadh ri ath-sgrùdaidhean air dòigh chruaidh is thapaidh a ghabhas a-steach gach pàirt an obrach.
- Feumaidh ùghdarrasan a' phoileis dèanamh cinnteach gu bheil am forsa a' cruinneachadh is a' toirt thuca deagh dhàta air dèanadas. Bu chòir do dh'ùghdarrasan a' phoileis an dàta agus seachas sam bith a tha ris a sgrùdadh. Faodaidh gum bi iad airson sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh 's iad a' cur ceistean air a' phrìomh chonstabil mar phàirt de dheasbad leantainneach is mar phàirt de ath-sgrùdadh air dèanadas an fhorsa.

Poileas is Co-Bhòrd Poileas a' Chinn a Tuath

Sgrùdadh is modh-sgrùdadh air deagh luach

If you require this publication in an alternative format and/or language, please contact us to discuss your needs.

You can also download this document at:

www.audit-scotland.gov.uk

www.scotland.gov.uk/hmics



Audit Scotland, 110 George Street, Edinburgh EH2 4LH
T: 0845 146 1010 E: info@audit-scotland.gov.uk
www.audit-scotland.gov.uk



HM INSPECTORATE OF
CONSTABULARY FOR SCOTLAND

1st Floor West, St Andrew's House,
Regent Road, Edinburgh EH1 3DG
T: 0131 244 5614 E: hmics@scotland.gsi.gov.uk
www.scotland.gov.uk/hmics

ISBN 978 1 906752 80 4

Printed on Revive 100 Uncoated, a Forest Stewardship Council (FSC) certified recycled grade containing 100% post consumer waste and manufactured at a mill certified with ISO 14001 environmental management standard. The pulp used in this product is bleached using an Elemental Chlorine Free process (ECF).